



**TRANSPORT  
SCOTLAND**  
CÒMHDHAIL ALBA

[transport.gov.scot](https://transport.gov.scot)

# **Plana Cheanglaichean nan Eilean**

**Plana nan Soithichean agus  
nam Port do lìonraidhean  
Chluaidh is Innse Gall agus nan  
Eilean mu Thuath (2025 – 2045)**

**Clàr-innse**

<b>Geàrr-chunntas Gnìomhach</b> .....	<b>4</b>
<b>Ro-ràdh</b> .....	<b>6</b>
Plana Cheanglaichean nan Eilean.....	6
Plana nan Soithichean agus nam Port.....	7
Co-theacsa .....	9
Amasan .....	11
Mar a libhrigeas sinn ar n-Amasan.....	12
Soithichean Ùra agus Ùrachadh nam Port.....	12
Cunbhalachadh.....	14
Soithichean cleachdte.....	16
Buaidh Àrainneachdail agus Carboin Ìosal .....	16
Toraidhean .....	17
Com-pàirteachadh agus Co-chomhairleachadh .....	18
Maoineachadh agus Cosgaisean Reusanta .....	19
Tasgadh-airgid a rèir Phrìomhachasan.....	21
Sùil air Adhartas agus Ath-sgrùdadh .....	23
<b>Planaichean Tasgaidh</b> .....	<b>23</b>
Ùrachadh Seilbh .....	23
Ìrean Libhrigidh.....	24
Ìre 1 – 2021-2026 .....	25
Leasachaidhean nan Cabhlaichean agus nam Port.....	25
Àrdachadh ann an Seasmhachd nan Cabhlaichean – Soithichean Mòra SACIG	27
Am Prògram gus Soithichean Beaga Ùra a Thogail (SVRP).....	28
Gurraig-Dùn Omhain/Cille Chreagain .....	29
Soithichean-bathair dha na h-Eileanan mu Thuath .....	29
Puirt agus Calachan.....	30
Leasachaidhean a bharrachd.....	30
Ìre 2 – 2026-2031 .....	30
Leasachadh nan Cabhlaichean agus nam Port.....	30
Seirbheisean luchd-siubhail dha na h-Eileanan mu Thuath .....	31
Na h-Eileanan Tarsainn .....	31
Lìonra nan Soithichean Mòra SACIG .....	32
Soithichean ùra ‘meadhanach’ mòr.....	33
Ìre 3 – 2031-2036 .....	33

Leasachadh nan Cabhlaichean agus nam Port.....	33
Ìre 4 – 2036-2045 .....	35
Roghainnean a Bharrachd.....	36
<b>Leas-phàipearan.....</b>	<b>37</b>
Leas-phàipear A – Soithichean – Cluaidh agus Innse Gall.....	37
Leas-phàipear B – Soithichean – Na h-Eileanan mu Thuath .....	42
Leas-phàipear C – Puirt – Cluaidh agus Innse Gall.....	43
Leas-phàipear D – Puirt – Na h-Eileanan mu Thuath .....	47

## Geàrr-chunntas Gnìomhach

Tha Plana Cheanglaichean nan Eilean (PCE) a' mìneachadh amasan agus poileasaidhean fad-ùine Riaghaltas na h-Alba, feuch am bi ceanglaichean còmhdhail deatamach agus seasmhach ann dha na h-eileanan againn. Tha e a' toirt a-steach Dòigh-obrach Ro-innleachdail thar-ruigheach, 's grunn phlanaichean-lìbhrigidh – nam measg, am fear seo – a' cumail taic rithe.

Tha Plana nan Soithichean agus nam Port seo a' toirt seachad fiosrachadh mionaideach air amasan Riaghaltas na h-Alba a thaobh Seirbheisean Aiseig Chluaidh is Innse Gall (SACIG) agus Seirbheisean Aiseig nan Eilean mu Thuath (SAET), 's seo fo dhleastanas pearsanta Ministearan na h-Alba.

Sheall co-chomhairleachadh ri prìomh luchd-ùidhe tro chruthachadh Plana nan Soithichean agus nam Port seo gur e **earbsachd** agus **seasmhachd** na prìomhachasan as cudromaiche dhaibh a thaobh tasgadh-airgid ann an soithichean agus puirt.

Sa mhòr-chuid, 's ann tro bhith ag ùrachadh a' bhun-structair a th' ann an-dràsta, agus a' cur cabhlach bhàtaichean-aiseig nuadh, èifeachdach agus seasmhach an àite nan soithichean a th' ann an-dràsta, a thèid amasan a choileanadh gu dèiligeadh ris na prìomhachasan gu h-àrd. Tha am Plana seo a' mìneachadh a' phrògram-thasgaidh a thathar a' moladh, agus a tha a dhìth, airson seirbheisean aiseig deatamach a chumail suas agus a ruith gu sàbhailte. Tha seo a' toirt a-steach cheumannan airson:

- an cabhlach ùrachadh agus puirt a leasachadh mar fhreagairt air aois agus staid an t-seilbh;
- seasmhachd ri linn droch shìde, agus earbsachd theicnigeach, a leasachadh nuair a thathar a' tasgadh airgid ann an soithichean ùra agus leasachaidhean nam port;
- ruigsinneachd sa chabhlach agus sna puirt a leasachadh;
- seasmhachd a leasachadh tro mheudachadh ann am prìomh chabhlach nan soithichean agus tro àrdachadh ann an eadar-obrachadh agus cunbhalachadh nan soithichean agus nam port;
- soitheach cudromach sa chabhlach a chumail, 's e a' ruith airson adhbharan seasmhachd suas ri 2030 co-dhiù.

Tha am Plana seo a' mìneachadh an fheum a th' ann air tasgadh mòr, leantainneach de dh'airgead airson 's gun gabh am plana a lìbhrigeadh, 's e na phàirt riatanach de dh'adhartas airson bun-stèidh ionmhasail fhad-ùine, thèarainte agus sheasmhach a stèidheachadh dha na lìonraidhean aiseig againn, mar a thèid a mhìneachadh san Dòigh-obrach Ro-innleachdail againn. Bidh e na stiùireadh a thaobh tasgadh airgid

ann an còmhdhail na h-Alba thairis air an ath 20 bliadhna (2025-2045, no mar sin), tro bhith a' toirt seachad mholaidhean air bunait fianais air an gabh co-dhùnaidhean le Ministearan na h-Alba a stèidheachadh san àm ri teachd nuair a thathar a' tasgadh airgid ann am bàtaichean-aiseig.

Gus am Plana seo a libhrigeadh, feumaidh cuideachd gun tèid co-dhùnaidhean a dhèanamh mar phàirt de dh'ath-sgrùdaidhean buidseit bliadhnail bho seo a-mach. Tha am Plana a' moladh dòigh-obrach chothromach, shoilleir gus airgead a thasgadh "a rèir phrìomhachasan", 's i a' stiùireadh nan co-dhùnaidhean prìomhachaidh duilich sin.

Gus a bhith cinnteach gun tèid am Plana seo ath-nuadhachadh, tha sinn airson atharrachaidhean a dhèanamh air a h-uile dà no trì bliadhna, agus làn-ùrachadh a dhèanamh air a h-uile còig bliadhna. 'S ann mar seo a ghabhas a dhealbhadh ri linn fhreagairtean co-chomhairleachaidh agus thoraidhean nam measaidhean ùraichte air feumalachdan; tha sinn airson na measaidhean seo a dhèanamh do gach coimhearsnachd a thèid a fhrithealadh le seirbheisean SACIG agus SAET.

## Ro-ràdh

### Plana Cheanglaichean nan Eilean

Tha Plana Cheanglaichean nan Eilean (PCE) a' dol an àite Plana nan Aiseagan 2013-2022, agus tha e nas fharsaing; tha e a' toirt fa-near sheirbheisean aiseig, siubhal-adhair agus slighean maireannach a bharrachd air siubhal a bheir daoine air adhart no a thig an àite shlighean briste. Anns a' PhCE, tha pàipear ri lorg air cuspair Dòigh-obrach Ro-innleachdail thar-ruigheach, 's grunn phlanaichean-lìbhrigidh – nam measg, am fear seo – a' cumail taic rithe.

Tha Dòigh-obrach Ro-innleachdail a' PhCE a' toirt seachad comhairle agus stiùireadh a thaobh lìbhrigeadh cheanglaichean còmhdhail eileanach. Tha i a' mìneachadh mar a tha ceanglaichean còmhdhail eileanach a' co-fhreagairt ri rùintean Riaghaltas na h-Alba, 's iad a' cur ri coileanadh amasan Riaghaltas na h-Alba mar a thèid am mìneachadh ann am Plana Nàiseanta nan Eilean agus san Ro-innleachd Còmhdhail Nàiseanta.

Tha Seirbheisean Aiseig Chluaidh is Innse Gall agus nan Eilean mu Thuath (SACIG agus SAET) a' cluich pàirt mhòr ann a bhith a' cumail taic ri leasachadh eaconamach, sòisealta agus cultarail nan coimhearsnachdan eileanach agus leth-eileanach sin. Tha an sgrìobhainn seo a' mìneachadh a' Phlana airson nan soithichean agus nam port a thèid a chleachdadh le seirbheisean SACIG agus SAET, 's i na plana-lìbhrigidh cudromach dha na seirbheisean sin.

'S ann fo dhleastanas ùghdarrasan ionadail a tha seirbheisean aiseig eile ann an Alba, agus thèid cuid eile a ruith gu coimeirsealta le companaidhean prìobhaideach. Ged nach eil cabhlaichean aiseig nan ùghdarrasan ionadail a' nochdadh sa Phlana seo, tha iad a' dèiligeadh ri dùbhlain a tha coltach ris an fheadhainn ris a bheil lìonraidhean SACIG agus SAET a' dèiligeadh. A rèir mholaidhean a fhuaras bho cho-chomhairleachaidhean, nuair a thig e gu bun-structar aiseig a thèid a ruith le Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid, Comhairle na Gàidhealtachd, Comhairle Eileanan Arcaibh (CEA) agus Comhairle Eileanan Shealtainn (CES) – no a tha fo chùmhnannt nan Comhairlean sin – 's e aon dhe na duilgheadasan bun-structarail as èiginniche dha na Comhairlean sin gun tèid bun-structar aiseig ùr a chur an àite bun-structair a tha a' fàs nas sine. Tha na h-ùghdarrasan ionadail sin a' dèanamh (no rinn iad) an aon seòrsa obair-mheasaidh agus obair-phlanaidh gus dèiligeadh ris na cùisean aca fhèin a tha co-cheangailte ri tasgadh ann an soithichean agus puirt.

Tha Ministearan na h-Alba ag obair gu dlùth ris na Comhairlean sin, gu h-àraid ri CEA agus CES, tro Bhuidhnean Gnìomh a thèid a ruith le Rùnaire a' Chaibineit airson Ionmhas agus Riaghaltas Ionadail. Mar thoradh air a' chom-pàirteachadh chuideachail seo, tha an gealladh ann gun tèid maoinachadh luach £3 millean a thoirt do CEA; le seo, gabhaidh am plana-gnothachais a leasachadh gus cabhlaichean ùra a chur an sàs agus bun-structar ùrachadh, gus soitheach ùr a dhealbhadh dha na seirbheisean eadar-eileanach a fhrithealas na h-eileanan Arcaibh mu Thuath, agus gus dà bhàta-aiseig dealanach a dhearbhadh air slighean eadar-eileanach eile ann an Arcaibh. 'S ann air na comhairlean a bhios an dleastanas air fad fhathast gus am bun-structar ùr a mhaoineachadh; ge-tà, tha sinn dealasach ann a bhith a' cumail tuilleadh chòmhradh agus a' toirt seachad taic far an gabh sin a dhèanamh, ann an suidheachadh ionmhasail a tha fìor dhùbhlach dhuinn uile: ann am Buidseat Riaghaltas na h-Alba airson 2025-26, gheibh CEA agus CES grant aon-turais de mhaoineachadh luach £10 millean (gach Comhairle) airson phròiseactan ceanglaichean còmhdhail eadar-eileanach.

Leasaich Còmhdhail Alba am Plana seo ann an co-chomhairleachadh ri Stòras Mara Cailleannach Earranta (CMAL) agus ris na companaidhean-aiseig – Aiseagan ChalMac Earranta (ACE) agus Aiseagan Serco Northlink (SNF). Bha com-pàirteachadh ann cuideachd ri farsaingeachd de phrìomh luchd-ùidhe, nam measg ùghdarrasan ionadail, Com-pàirteachaidhean Còmhdhail Roinneil, Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean (IGE), Comataidh Gluasadachd agus Ruigsinneachd na h-Alba (CGRA), agus Bòrd Coimhearsnachd nan Aiseagan dhan lìonra SACIG. Mus deach an co-chomhairleachadh a chumail, chaidh dreachd dhen Phlana seo fhoillseachadh air an 30mh latha dhen Dùbhlachd 2022 agus a thoirt do phrìomh luchd-ùidhe. Chaidh tionndadh ùraichte dhen Phlana seo fhoillseachadh air a' chiad latha dhen Ghearran 2024, às dèidh atharrachaidhean a rèir bheachdan agus comharrachaidhean a fhuaras bho ghrunn luchd-ùidhe nam measg.

Bhon chiad latha dhen Ghearran chun an t-6mh latha dhen Chèitean 2024, chaidh co-chomhairleachadh poblach a chumail – 's com-pàirteachadh ann bhon choimhearsnachd – air dreachd na Dòigh-obrach Ro-innleachdail agus air Plana ùraichte nan Soithichean agus nam Port seo. Chaidh [aithisg mion-sgrùdaidh](#) neo-eisimeileach air a' cho-chomhairleachadh agus a' chom-pàirteachadh fhoillseachadh air an 3s latha dhen t-Sultain 2024, còmhla ris na [Ciad Fhreagairtean](#) againn. Tha an tionndadh mu dheireadh seo de Phlana nan Soithichean agus nam Port a' toirt fa-near nam molaidhean sin.

## Plana nan Soithichean agus nam Port

Annas a' [Phlana Ionmhais airson Bun-structair](#) (PIB) aig Riaghaltas na h-Alba (an Gearran 2021), chaidh na leanas a dhearbhadh:

“Bidh sinn a’ cruthachadh agus ag ùrachadh plana agus prògram tasgaidh fad-ùine airson aiseagan ùra agus leasachaidhean aig puirt, gus piseach a thoirt air seasmhachd, earbsachd, comas-lìonaidh, ruigsinneachd agus cunbhalachadh, ’s sgaoilidhean gan lùghdachadh. Mar seo, thèid feumalachdan nan coimhearsnachdan eileanach a choileanadh, ’s misneachd ann a thaobh a’ gheallaidh leantainnich againn. Thèid taic a chumail ri seo tro thasgadh-airgid de £580 millean air a’ char as lugha thairis air na còig bliadhna ri thighinn [an Giblean 2021 chun a’ Mhàirt 2026]”.

A tuilleadh air sin, thathar air £115 millean a bharrachd a thoirt do dhà shoitheach ùr a thèid a thogail gus solarachadh nan seirbheisean air a’ *Chuan Sgìth* a leasachadh.

**Tha an Dàrna Breithneachadh air Pròiseactan Còmhdhail Ro-innleachdail** a’ dèanamh argamaid ro-innleachdail a thaobh tasgadh-airgid le Riaghaltas na h-Alba ann an soithichean agus puirt, gu h-àraid a thaobh dà mholadh sònraichte:

Moladh 24 – Gun tèid soithichean-aiseig ùrachadh agus bàtaichean ùra a chur ann, agus sgaoilidhean carboin a lùghdachadh mean air mhean

Moladh 42 – Tasgadh airgid ann am bun-structar nam port, airson ’s gun tèid soithichean-aiseig ùrachadh agus bàtaichean ùra a chur ann, agus sgaoilidhean carboin a lùghdachadh mean air mhean

Tha molaidhean bho luchd-ùidhe air am prìomhachas a shealltainn gum bi soithichean earbsach agus seirbheisean seasmhach; seo puing a chaidh a dhaingneachadh san aithisg bho 2023 le [Comataidh Cothromachaidh-Charboin, Cumhachd agus Còmhdhail \(CCCC\) Pàrlamaid na h-Alba](#). Mar sin, tha am Plana seo a’ cur fòcas air earbsachd a leasachadh tro bhith a’ cur soithichean ùra an àite seann shoithichean, agus tro bhith ag ath-nuadhachadh sealbh nam port a rèir aois agus staid. A thuilleadh air sin, thig piseach air seasmhachd tro chabhlaichean a thèid ùrachadh agus a bhios nas sùbailte. Tha am Plana seo a’ mìneachadh a’ phrògram agus nam pròiseactan a tha a dhìth airson seirbheisean SACIG agus SAET a chumail suas agus a ruith gu sàbhailte. Tro bhith a’ cur a’ Phlana seo an gnìomh, bidh sinn ag amas air soithichean ùra a thig an àite seann shoithichean, agus air ath-nuadhachaidhean nam port, a lìbhrigeadh mus ruig iad seo an aois far am bi cunnart mòr ann de chion earbsachd, air sgàth aois an t-seilbh. San dòigh sin, bu chòir seirbheisean a tha earbsach agus seasmhach an-dràsta a’ fuireach mar sin, ma thèid sealbh a làimhseachadh gu ceart – m.e. ma thèid ùrachadh agus ath-thogail ri uair.

Gus am Plana a libhrigeadh, feumaidh gun tèid co-dhùnaidhean tasgaidh a dhèanamh mar phàirt de dh'ath-sgrùdaidhean buidseit a nithear bho seo a-mach a h-uile bliadhna agus san ùine fhada. Tha am Plana cuideachd a' moladh dòigh-obrach chothromach, shoilleir a thaobh "Tasgadh-airgid a rèir Phrìomhachasan", gus na co-dhùnaidhean prìomhachaidh duilich sin a stiùireadh mar phàirt dhen phròiseas buidseat aontachadh a h-uile bliadhna.

## Co-theacsa

Aig an àm seo tha 40 soitheach ann an seirbheis air slighean SACIG agus SAET. 'S ann fo shealbh CMAL a tha mun dàrna leth dhe na 53 port air lìonra SACIG, 's an còrr fo shealbh ùghdarrasan ionadail, puirt-urrais agus companaidhean prìobhaideach. Tha na còig puirt air slighean SAET fo shealbh ùghdarrasan ionadail no fo shealbh urrasan. Cuiridh am Plana seo taic ri co-òrdanachadh le treas-phàrtaidhean aig a bheil puirt, airson 's gun tèid tasgaidhean-airgid a phlanadh ro làimh agus a libhrigeadh. Nach toir sibh sùil air Leas-phàipearan A, B, C agus D airson tuilleadh fiosrachaidh fhaotainn. [Leas-phàipear E ri thighinn – 's seirbheisean nan ùghdarrasan ionadail, soithichean agus puirt air an liostadh – ro àm-foillseachaidh.]

Tha gach slighe eadar-dhealaichte, 's i na ceangal riatanach dhan choimhearsnachd a fhrithéalas i. 'S e an t-aiseag eadar Caol an t-Snàimh agus An Rubha Bòdach – astar nas lugha na leth-chilemeatair – an t-aiseag as giorra air lìonra SACIG. Tha an t-aiseag as fhaide, bho Bhàgh a' Chaisteil chun an Òbain, a' siubhal thairis air còrr is 140 km, 's mu chòig uairean a dh'ith airson a dhol tarsainn. 'S e Obar Dheathain-Lerwick air lìonra SAET an t-slighe as fhaide uile-gu-lèir, 's i 348 km a dh'fhaide agus a' toirt 12 uair air a' char as lugha, 's feum ann mar sin gun tèid roghainnean àite-fuirich thairis air an oidhche a thairginn.

Tha na thèid a ghiùlan air gach slighe gu math eadar-dhealaichte, bho shlighean glè thrang mar Àird Rosain-Tràigh a' Chaisteil far an deach 725,000 neach-siubhail a ghiùlan ann an 2023 – 's dà shoitheach mòr gam frithealadh ann am mìosan an t-samhraidh – gu slighean do luchd-siubhail a-mhàin (no sa mhòr-chuid) mar Ghallanach-Cearara agus Gurraig-Cille Chreagain, 's 67,000 agus 49,000 neach-siubhail ga ghiùlan air na slighean sin.

Uile-gu-lèir, 's ann air ceithir dhe na 30 slighean thairis air lìonra SACIG – Àird Rosain-Tràigh a' Chaisteil, An Leargaidh-Cumaradh, Bàgh Wemyss-Baile Bhòid, agus An t-Òban-Creag an Iubhair – a shiubhail còrr is an dàrna leth dhen luchd-siubhail agus dhe na càraichean a chaidh a ghiùlan ann an 2023. 'S ann air trì slighean uile-gu-lèir a chaidh 50% den mheud deice airson carbadan còimeirsealta a ghiùlan: Ceann na Creige-Ìle (20%), Ulapul-Steòrnabhagh (20%), agus Àird Rosain-Tràigh a' Chaisteil (10%).

Tha ceithir slighean air lìonra SAET; ann an 2023, 's ann air an t-slighe Stromness-Sgrabstal gu Arcaibh a chaidh 51% dhen luchd-siubhail agus 63% dhe na carbadan a ghiùlan. 'S ann air an t-slighe Obar Dheathain-Lerwick a chaidh 35% dhen luchd-siubhail agus 28% dhe na càraichean a ghiùlan, 's an còrr a' siubhal air na slighean Obar Dheathain-Kirkwall agus Kirkwall-Lerwick. A thaobh frachd air SAET, 's ann air an t-slighe Obar Dheathain-Lerwick a chaidh 57% den mheud deice airson carbadan còimeirsealta a ghiùlan, 's an t-slighe Obar Dheathain-Kirkwall san dàrna àite le 23%.

Bho shlighe gu slighe, tha am measgachadh de na thèid a ghiùlan gu math eadar-dhealaichte cuideachd; air cuid a shlighean SACIG, mar Cheann na Creige-Ìle, thèid uiread glè mhòr de bhathar a ghiùlan. Air slighean trang eile, mar An Leargaidh-Cumaradh, thèid fada nas lugha de bhathar a ghiùlan na air an t-slighe Àird Rosain-Tràigh a' Chaisteil, ach tha àireamh an luchd-siubhail agus nan càraichean coltach ris na h-àireamhan air an t-slighe sin.

Thèid na feumalachdan air gach slighe ath-sgrùdadh tro Mheasaidhean air Feumalachdan nan Coimhearsnachdan (MFC), 's iad ag aithneachadh roghainnean airson dèiligeadh ri trioblaidean a thaobh cheanglaichean còmhdhail agus cothroman air atharrachaidhean anns na seirbheisean a th' ann an-dràsta, tro chonaltradh ri coimhearsnachdan agus luchd-ùidhe eile. Thèid an t-iarrtas air seirbheis nan aiseagan agus a' phàirt a chluicheas i ann am beatha eileanach a thoirt fa-near, a bharrachd air na seirbheisean a th' ann an-dràsta a thaobh na thèid a ghiùlan, cleachdadh a' chomais-lionaidh, pongalachd agus earbsachd. 'S ann tro na MFC a ghabhas beachdachadh air farsaingeachd de roghainnean a thaobh seirbheisean agus tasgadh-airgid do gach coimhearsnachd, 's cothrom ga thoirt seachad airson beachdachadh air na th' ann de roghainnean a thaobh àireamh agus meud nan soithichean.

'S ann tro thoraidhean nan MFC a thèid bunait na fianais airson pròiseactan-tasgaidh a neartachadh tuilleadh agus co-dhùnaidhean tasgaidh ri teachd a stiùireadh, a rèir Luach an Airgid agus cosgaisean reusanta.

A bharrachd air iarrtas, tha feartan fiosaigeach sònraichte nan cuantan timcheall air Alba a' toirt buaidh air dealbhadh nan soithichean cuideachd; tha na cuantan gu math garbh agus, gu h-àraid air a' chosta an Iar, chan eil iad cho domhainn, rud a dh'adhbhraicheas na dùbhlain aige fhèin. Mar phàirt dhen obair-leasachaidh a nithear air pròiseactan, thèid a h-uile duilgheadas a thoirt fa-near, leithid gaoth, dàta airson tuinn a mhodaileadh, an seòrsa soitheach a dh'fhaodadh a bhith ann, meud, agus mar a thig an soitheach a-steach don phort. Thèid èirigh na mara, agus forsaichean nuair a thig an soitheach gu stad, a thoirt fa-near cuideachd airson 's gum faigh seirbheisean-aiseig a fhrithealas coimhearsnachdan eileanach am fuasgladh as freagarraiche a thaobh mar a thig soithichean agus bun-structar còmhla aig puirt agus aig calachan. Leanaidh sinn oirnn ag obair gu dlùth ris a h-uile

sealbhadair-puirt gus a bhith cinnteach gum bi feagarrachadh mu choinneimh atharrachadh na gnàth-shìde na phàirt riatanach de dhealbhadh agus lìbhrigeadh nam pròiseactan bun-structair uile.

## Amasan

Tha am Plana seo a' sealltainn an rùn a th' againn cabhlach ùr a chur an àite a' chabhlaich a th' ann an-dràsta, agus earbsachd agus seasmhachd a leasachadh cho luath 's a ghabhas, ach cha ghabh seo a dhèanamh ach a-mhàin nuair a bhios am maoinachadh riatanach ri fhaighinn. Thèid suimean airgid fa leth fhathast a thasgadh a rèir deuchainnean Luach an Airgid, 's gach pròiseact ga leasachadh agus ga mheasadh tro phlanaichean-gnothachais mionaideach.

Tha Dòigh-obrach Ro-innleachdail a' PhCE air 12 prìomh chuspairean ainmeachadh ris am feumar dèiligeadh. B' iad na cuspairean a leanas an fheadhainn a bu fhreagarraiche dhiubh sin, airson 's gum faighear tuigse air na prìomh dhùbhlain a thaobh tasgadh ann an soithichean agus puirt:

- Earbsachd agus seasmhachd
- Soithichean agus Puirt
- Comas-lìonaidh agus iarrtas
- Ruigsinneachd
- Buaidh carboin agus àrainneachdail ìosal
- Seirbheisean frachd

A rèir na Lèirsinn agus nam Prìomhachasan a th' air am mìneachadh ann am pàipear Dòigh-obrach Ro-innleachdail a' PhCE, agus a rèir nan dùbhlain a thèid a dheasbad, bidh Plana nan Soithichean agus nam Port ag obair gus na h-amasan a leanas a ruigsinn:

- gun tèid ceanglaichean aiseig a chumail suas agus a ruith gu sàbhailte do choimhearsnachdan SACIG agus SAET, 's cothroman gan gabhail fhathast tro thasgadh ann an soithichean agus puirt airson seirbheisean a leasachadh. Bidh seo na thaic do sheasmhachd agus fàs an t-sluaigh eileanaich agus nan eaconamaidhean eileanach, 's àrainneachd agus dualchas na sgìre ionadail gan glèidheadh aig an aon àm;
- gun tig piseach air earbsachd a thaobh an dà chuid droch shìde agus trioblaidean teicnigeach;
- gun tèid aois chuibheasach a' chabhlaich air fad (thar an dà lìonra SACIG agus SAET) a lùghdachadh gu timcheall air 15 bliadhna ro dheireadh an deichead seo;
- gun tig piseach air seasmhachd tro mheudachadh ann an cabhlach nan soithichean mòra SACIG ro dheireadh 2026 agus tro bharrachd eadar-obrachadh

agus cunbhalachadh nan soithichean agus nam port taobh a-staigh cabhlach nan soithichean mòra agus nan soithichean beaga;

- mar phàirt de mheudachadh a' chabhlach sin, gun tèid soitheach mòr sa chabhlach a chumail airson adhbharan seasmhachd suas ri 2030 co-dhiù;
- gun tig piseach air ruigsinneachd do luchd-cleachdaidh còmhdhail tro dhealbhadh nan soithichean agus nam port, 's seo air a stiùireadh leis an t-Slat-tomhais Ruigsinneachd a thathar a' moladh, aon uair 's gum bi i ri fhaighinn;
- gun tèid tuilleadh comas-lìonaidh air deic nan carbadan a thoirt seachad airson dèiligeadh ri "amannan dùmhlachd" a chaidh aithneachadh; thèid seo a dhèanamh far a bheil e practaigeach, buannachdail agus aig cosgais reusanta, agus còmhla ri ceumannan eile a chumas ri Rangachd Tasgadh Seasmhach;
- gun tig lùghdachadh-carboin air obair an dà chabhlach agus obair nam port mean air mhean ro 2045, 's na cothroman an lùib bun-structar cabhlach agus puirt ùraichte gan gabhail airson truailleadh adhair agus fuaime a lùghdachadh; agus gun tèid ceumannan a ghabhail gus bith-iomadachd, càileachd an uisge, agus dualchas nàdarra agus eachdraidheil a ghlèidheadh aig àm togail.

## Mar a libhrigeas sinn ar n-Amasan

### Soithichean Ùra agus Ùrachadh nam Port

Ann an earrann gu h-ìosal mu Phlanaichean Tasgaidh, thathar a' moladh tasgadh ann an soithichean agus puirt thar ceithir ìrean suas ri 2045, gus na h-amasan seo a libhrigeadh. Tha Ìre 1 a' toirt a-steach sreath de phròiseactan soithich agus puirt a th' air am mìneachadh sa Phlana Ionmhais airson Bun-structair (PIB) aig Riaghaltas na h-Alba a chaidh fhoillseachadh sa Ghearran 2021. Tha na pròiseactan seo gan toirt air adhart eadar an Giblean 2021 agus am Màrt 2026, agus cuideachd bheir iad a-steach crìochnachadh na h-obrach air na soithichean 801 (an MV Glen Sannox) agus 802 (an MV Glen Rosa).

Bho chaidh am PIB fhoillseachadh ann an 2021, thathar air co-dhùnaidhean a dhèanamh cuideachd:

- gus an MV Loch Frisa, soitheach cleachdte, a cheannachd;
- gus dà shoitheach ùr a cheannachd an àite soitheach ùr a-mhàin do dh'Ìle;
- gus dà shoitheach "clas Ìle" a bharrachd a cheannachd, airson 's gun gabh seirbheis le dà shoitheach a ruith as t-samhradh air slighean a' Chuain Sgith, eadar Ùige-an Tairbeart/Loch nam Madadh;
- gus an dà chuid an MV Glen Sannox agus an MV Glen Rosa a chur air slighean Arainn;
- gus pròiseact ath-leasachaidh Phort Ilein (Ìle) a thòiseachadh;

- gus Soitheach Mòr a bharrachd ann an cabhlach SACIG a chumail airson tuilleadh seasmhachd a thoirt seachad, agus cruth-atharrachadh a thoirt air an taic a tha ri fhaighinn, suas ri 2030 co-dhiù;
- gus an MV Alfred a chleachdadh airson seasmhachd a chur ri cabhlach nan soithichean mòra SACIG;
- gus seachd soithichean beaga SAGIC a cheannachd mar ìre 1 dhen Phrògram gus Soithichean Beaga Ùra a Thogail (SVRP).

Tha am fiosrachadh gu h-ìosal a' mìneachadh nan ceann-latha ris a bheilear an dùil airson soithichean ùra a thèid libhrigeadh no a tha an eisimeil air co-dhùnaidhean tasgaidh thar ùine ghoirid no mheadhanach. 'S ann air aonta maoineachaidh agus solar a tha iad seo a' crochadh. A thuilleadh air sin, leis cho fada 's a bheir am Plana, dh'fhaodadh gum bi feum ann air sùbailteachd agus atharrachaidhean air na prìomhachasan, gu h-àraid aig na h-ìrean mu dheireadh, leis gum bi am prògram-libhrigidh an crochadh air na tha ri fhaotainn de mhaoineachadh, air a' cheann thall.

Soithichean fo chùmhnannt ('s ann air libhrigeadh - an àite cur an gnìomh - nan soithichean a tha na cinn-latha a' toirt iomradh):

- MV Isle of Islay – dùil ris ann an Cairteal 3 (C3) 2025
- MV Glen Rosa – dùil ris ann an C3 2025, a rèir cunntas às ùr bho Ghàrradh MhicFheargais ann am Port Ghlaschu (FMPG)
- MV Loch Indaal – dùil ris ann an C1 2026
- MV Lochmor – dùil ris ann an C3 2026
- MV Claymore – dùil ris ann an C4 2026
- SVRP Ìre 1 (seachd soithichean) – bho C3 2027

Cudromach: Tha a h-uile ceann-latha do libhrigeadh soitheach an eisimeil air measadh agus ath-sgrùdadh leantainneach, 's cunntasan às ùr gan toirt do Chomataidh CCCC uair san ràith.

Soithichean ùra a thathar a' moladh far a bheil am plana-gnothachais mìneachail faisg air a bhith deiseil:

- MV Lord of the Isles – tuairmse air libhrigeadh ann an 2028 air a' char as tràithe
- Soithichean-bathair ùra dha na h-Eileanan mu Thuath – tuairmse air libhrigeadh ann an 2028-2029 air a' char as tràithe

Soithichean ùra a thathar a' moladh far a bheilear a' dreachdadh plana-gnothachais mìneachail an-dràsta:

- Soithichean air slighe Gurraig-Dùn Omhain/Cille Chreagain

Soithichean ùra a thathar a' moladh far a bheil na planaichean-gnothachais mìneachail aig ìre thràth de leasachadh:

- MV Isle of Mull
- Am Prògram gus Soithichean Beaga Ùra a Thogail (Ìre 2)

## Cunbhalachadh

Leis an fharsaingeachd mhòr de choimhearsnachdan agus de shlighean a thèid a fhrithealadh leis na cabhlaichean seo, chan fheum soithichean co-ionann a bhith an lùib àrdachadh ann an cunbhalachadh, ach bu chòir àrdachadh ann an eadar-obrachadh nan soithichean agus nam port a bhith comasach mar phàirt dheth.

Tha CMAL a' strì airson na puirt aige a chunbhalachadh thar na lìonraidh far an gabh sin a dhèanamh, feuch an tig lùghdachadh air na bacaidhean a th' ann an-dràsta air na soithichean a ghabhas a ruith bho gach phort, 's piseach a' tighinn air sùbailteachd – agus, air a' cheann thall, air seasmhachd – mar thoradh air sin. Mar eisimpleir, bheir seo a-steach gnothaichean leithid a bhith a' glanadh spruilleach bho ghrund nan uisgeachan do shoithichean le slige nas doimhne, a' dèanamh cinnteach gun gabh cidheachan agus bufairean nan cidheachan ri soithichean nas truime, agus a' toirt seachad altan-aiseig nas leatha a ghabhas ri soithichean le leud nas motha. Mar phàirt de dh'obair-leasachaidh aig puirt, bithear cuideachd a' toirt fa-near an fheum gun tèid na puirt a dhèanamh nas seasmhaiche ann an linn atharrachadh na gnàth-shìde; cuideachd, bithear a' beachdachadh air cothroman air co-aonachadh nas fheàrr le còmhdhail phoblach agus siubhal gnìomhach, nuair a bheir na ceanglaichean sin daoine air adhart mar phàirt dhen turas aca. Ann an cuid a shuidheachaidhean, dh'fhaodte gu bheil leasachaidhean air puirt a rinneadh mean air mhean air crìoch nàdarra a ruigsinn mar-thà. Feumaidh planaichean-gnothachais do phròiseactan fa leth cothromachadh a lorg eadar seasmhachd no buannachdan eile agus na cosgaisean no buaidhean ionmhasail agus àrainneachdail.

A thaobh SACIG agus SAET, tha sinn airson obair còmhla ri CMAL agus na companaidhean an sàs sa ghnìomhachas airson “clàr” de roghainnean-soithich a ruigsinn:

- Thèid an dealbhadh “Soitheach Ìleach”, no dealbhadh coltach ris, na shlat-tomhais airson soithichean mòra air lìonra SACIG far am bi sin comasach, ach a-mhàin air na slighean Àird Rosain-Tràigh a' Chaisteil agus Steòrnabhagh-Ulapul (leis gu bheil soithichean gan togail no gan cur a-mach mar-thà air na seirbheisean seo). Le seo, bidh obair-ùrachaidh a dhìth air cuid a phuirt air slighean a thèid

ainmeachadh airson nan soithichean seo. Ma bhios cosgaisean mì-reusanta no droch Luach an Airgid an lùib seo, no mura gabh na cosgaisean a phàigheadh aig an àm, gabhaidh dealbhadh-soithich atharraichte a chur gu feum. Chaidh an soitheach ìleach a dhealbhadh mar fhreagairt air cleachdadh bathair àrd agus iarrtas luchd-siubhail car ìosal; air slighean eile, dh'fhaodte gum bi comas luchd-siubhail nas àirde ach nas lugha de bhathar a dhìth ('s an cuideam iomlan a ghabhas an soitheach nas lugha mar thoradh air sin). Ge-tà, 's e an t-amas gun tèid na h-atharrachaidhean seo a chumail fo smachd leis an dealbhadh a th' ann an-dràsta, airson eadar-obrachadh a bhrosnachadh agus ìre àrd de chunbhalachadh a ghlèidheadh.

- Chaidh a' chiad ìre dhen Phrògram gus Soithichean Beaga Ùra a Thogail a dhealbhadh airson cunbhalachd a ruigsinn ann an cruth na slige, agus ann an uidheamachd co-cheangailte ri innleadaireachd air bòrd, drochaidean agus sàbhailteachd. Mar seo, bidh eadar-obrachadh nan soithichean agus nan criuthaichean ann ma bhios sin a dhìth; bidh e cuideachd feumail nuair a thathar a' càrachadh nan soithichean agus a' ghlèidheadh phàirtean-càraidh. Feuchaidh sinn ri nas urrainn dhuinn de seo ath-riochdachadh aig an dàrna ìre dhen SVRP, 's fios ann gu bheil e coltach leis na soithichean seo gum bi beachdachadh a dhìth air pàirtean-togail nas sònraichte a chleachdadh, air sgàth feartan nan slighean a thèid a fhrithealadh.
- Eadar an dà shlat-tomhais dealbhaichte seo, dh'fhaodte gum bi feum ann air soitheach meadhanach mòr. Thèid seo a thoirt fa-near fhad 's a bheir sinn air adhart molaidhean a thaobh soithichean ùra do Mhuile agus do dh'Uibhist a Deas.
- Cuideachd, tha tuilleadh fuasglaidhean dealbhaidh a dhìth, nam measg fuasglaidhean dha Na h-Eileanan Tarsainn agus dha na soithichean do luchd-siubhail a tha a' ruith air Gurraig/Dùn Omhain/Cille Chreagain.
- A thaobh nan soithichean dha na h-Eileanan mu Thuath, tha an obair a tha ga dèanamh an-dràsta le CMAL, Northlink agus Còmhdhail Alba a' cur fòcas air soithichean ùra a chur an àite an dà shoithich-bhathair; bheir seo a-steach roghainn *Freight Flex* leis am biodh seasmachd na bu mhotha ann ri linn droch shìde a bharrachd air clàran-ama na b' fheàrr le astaran-siubhail nas àirde. Leis an dealbhadh seo, bidh an roghainn ann cuideachd seirbheisean a ruith ann am "modh neach-siubhail", 's ceabainean, seòmraichean-suidhe agus goireasan eile gan toirt seachad airson 's gun gabh iarrtas an luchd-siubhail a choileanadh aig na h-amannan as trainge, agus airson seasmachd a leasachadh thar a' chabhlaich SAET. Aig an àm seo, 's e an t-amas gun tèid cruth na slige a thathar a' moladh an-dràsta na shlat-tomhais cuideachd, 's an cothrom ann gun tèid a chleachdadh mar bhunait dha na soithichean ùra a thig an àite nan trì soithichean RoPax (do charbadan agus do luchd-siubhail). A-rithist, bhiodh an rùn ann cuideachd siostaman agus uidheamachd air bòrd a chunbhalachadh cho mòr 's a ghabhadh.

## Soithichean cleachdte

Thèid tuilleadh rannsachaidh a dhèanamh air a' chomas-lìonaidh air soithichean cleachdte; dh'fhaodadh an comas-lìonaidh seo a bhith na chothrom gus buannachdan a thoirt nas luaithe do choimhearsnachdan, tro bhith a' coileanadh feumalachd eadar-amail fhad 's a tha comas-lìonaidh fad-ùine ga thoirt gu buil. No, dh'fhaodte gum bi an comas-lìonaidh seo na ghoireas nas freagarraiche dhan chabhlach/t-slighe. Is dòcha gun cuir e ri leasachadh ann an earbsachd, ruigsinneachd agus prìomh amasan eile cuideachd. Thèid gach cùis a mheasadh a rèir airidheachd na cùise fhèin, agus thèid am Plana atharrachadh san t-seagh sin ma bhios e iomchaidh. Bhiodh Cosgaisean Reusanta agus Luach an Airgid nam prìomh phuingean.

## Buaidh Àrainneachdail agus Carboin Ìosal

Tha an dà chuid cosgaisean àrainneachdail agus ionmhasail an lùib na dh'fheumar a thasgadh ann an soithichean agus puirt a rèir a' Phlana seo. Ma thèid seo aithneachadh, gabhaidh beachdachadh air dìon na h-àrainneachd bhon fhìor thoiseach, agus gabhaidh cothroman air ceumannan-lasachaidh agus -leasachaidh a thoirt fa-near tro phròiseas na cùise-gnothachais. Buinidh seo an dà chuid ri buaidhean-togail san ùine ghoirid agus ris na buaidhean a dh'fhaodadh a bhith ann san ùine nas fhaide air sgàth obair leantainneach nan soithichean agus nam port.

Tha Ministearan na h-Alba a' cur romhpa a h-uile roghainn a sgrùdadh agus ceumannan a ghabhail gus an carbon a sgaoileas na cabhlaichean-aiseig a lùghdachadh bho seo a-mach. Chaidh am pròiseas gus carbon a lùghdachadh a chur an gnìomh mar-thà, agus thèid a leasachadh anns na bliadhnaichean a tha romhainn; bidh seo ri fhaicinn ann an dreachan dhen Phlana seo san àm ri teachd, 's tuilleadh chlachan-mìle agus targaidean gan aontachadh air bunait roghainnean-teicneòlais eile a bhios rim faighinn gu coimeirsealta. Tha seo a' toirt a-steach am Plana SVRP, far an ruith na soithichean seo gu tur air cumhachd an dealain.

Tha agus mairidh Riaghaltas na h-Alba dealasach a thaobh Thargaidean Cothromachadh Carboin. 'S e an t-amas fad-ùine againn gun tèid sgaoilidhean-carboin nan aiseagan a lùghdachadh gu mòr ro 2045 agus, ma tha e comasach, gun tèid cur às dhaibh, mar phàirt dhen oidhirp cothromachadh-carboin a ruigsinn. Tha coileanadh an amais seo gu mòr an urra ri connaidhean le nas lugha carboin, agus ri na bhios ri fhaighinn gu coimeirsealta de bhun-structar libhrigidh freagarrach. Mar phàirt de phlanadh-tasgaidh, feumar cuideachd beachdachadh air dè cho tric 's thigeadh bataraidhean ùra an àite nan seann bhataraidhean, agus air cosgaisean agus ath-chuairteachadh nam bataraidhean seo.

Tha dùbhlain fhathast ann thar gnìomhachas an loingeis san fharsaingeachd, a thaobh na ghabhas a lùghdachadh de charbon ann an cabhlaichean nan aiseagan mòra leis an teicneòlas a tha ri fhaotainn an-dràsta. Leanaidh sinn oirnn a' sgrùdadh chothroman gus an obair seo a dhèanamh fhad 's a tha teicneòlas ga leasachadh; nam measg, dh'fhaodadh cothroman a bhith ann – 's fuasglaidhean ùra a' tighinn am bàrr – gus soithichean uidheamachadh le co-phàirtean nach robh rim faotainn bho thùs. Tha CMAL air ceumannan a ghabhail mar-thà a thaobh cruthan-slige agus einnseanan nas èifeachdaiche, ri linn planadh nan soithichean “clas Ìle” as ùire a tha gan togail an-dràsta; bidh seo na phrìomh phuing-bheachdachaidh nuair a thèid molaidhean air soithichean ùra a chruthachadh.

Mar a chaidh a mhìneachadh san Dòigh-obrach Ro-innleachdail, tha sinn a' gabhail ris a' phrionnsabal gum bu chòirear a h-uile soitheach ùr do SACIG agus SAET a phlanadh leis a' chothrom ann gun gabh na soithichean ùrachadh, airson 's gun gabh uidheam-stiùiridh gun sgaoilidhean a chleachdadh san àm ri teachd far am bi sin comasach. Thathar a' brosnachadh ùghdarrasan ionadail gu bhith a' beachdachadh air a' phrionnsabal seo airson nan cabhlaichean-aiseig aca fhèin.

Mar a chaidh aithneachadh san Ro-innleachd Còmhdhail Nàiseanta, feumaidh an siostam còmhdhail againn, 's an siostam aiseagan againn na mheasg, a bhith freagarrach ri buaidhean atharrachadh na gnàth-shìde a bharrachd air a bhith a' lùghdachadh nam buaidhean a bheir còmhdhail air a' ghnàth-shìde againn san àm ri teachd. Bheir atharrachadh na gnàth-shìde buaidh dhìreach air roinn na còmhdhalach air sgàth na droch shìde a tha a' sìor-fhàs nas miosa agus nas bitheanta, agus na bacaidhean a dh'adhbhraicheas i, leithid bleith nan cladaichean againn, maoimean-talmhainn agus còmhnardan uisge a tha ag èirigh.

Tha sinn a' gabhail cheumannan, m.e. tro CMAL, far a bheil sinn air a bhith a' sgrùdadh gu gnìomhach nam buaidhean a tha atharrachadh na gnàth-shìde a' toirt air còmhnardan na mara a tha ag èirigh, airson fiosrachadh a chur ri planaichean no leasachaidhean a thaobh bun-structar nam port.

Dh'fhaodte gun toir na buaidhean seo atharrachadh air mar a thèid na prìomhachasan-tasgaidh againn a cho-dhùnadh ann an dreachan nas anmoiche dhen Phlana seo.

## Toraidhean

Leis na h-Amasan agus an Fhiosrachadh a thèid a mhìneachadh sa Phlana seo, thathar an dùil gun tèid na Toraidhean a leanas a thoirt gu buil. Agus 's ann leis na Toraidhean seo a thèid na builean a choileanadh a th' air am mìneachadh ann an Dòigh-obrach Ro-innleachdail a' PhCE:

- ceanglaichean còmhdhail seasmhach do choimhearsnachdan eileanach agus leth-eileanach air lìonraidhean SACIG agus SAET;
- earbsachd nas àirde anns a’ chabhlach air sgàth ùrachadh leantainneach nan soithichean, agus ùrachadh nam port, mar fhreagairt air aois agus staid an t-seilbh;
- seasmhachd nas àirde thar na lìonraidh air fad air sgàth ùrachadh nam port agus nan soithichean, agus meudachadh nan cabhlaichean, 's barrachd cunbhalachaidh ann a dh'fhàgas cùisean nas sùbailte thar nan cabhlaichean do chompanaidhean na roinne;
- lùghdachadh ann an aois chuibheasach nan soithichean thar nan cabhlaichean, air sgàth ùrachadh leantainneach nan soithichean;
- ruigsinneachd nas fheàrr do luchd-siubhail thar na lìonraidh air sgàth adhnadhachadh a’ chabhlaich agus nam port agus barrachd cunbhalachaidh;
- lùghdachadh ann an sgaoilidhean thar cabhlaichean nan soithichean air sgàth athnuadhachadh nan soithichean, an dealbhadh as fheàrr de shoithichean agus de shligean, cleachdadh nan roghainnean-connaidh eile, agus àrdachadh ann an solarachadh cumhachd cladaich.

## Com-pàirteachadh agus Co-chomhairleachadh

'S ann air ceannard gach pròiseict-thasgaidh – mar as trice CMAL no treas-phàrtaidh aig a bheil port – a tha an dleastanas airson co-chomhairleachaidh, com-pàirteachaidh agus conaltraidh thar beatha nam pròiseactan, feuch am bi dealbhadh nan soithichean agus nam port freagarrach ri feumalachdan nan companaidhean, an luchd-cleachdaidh agus na coimhearsnachd. Mar phàirt de seo, bu chòirear beachdachadh air mar a bhithear ag amas air buidheann a th' air an comharrachadh mar “doirbh a ruigsinn”. Thèid taic a chumail ris a’ chom-pàirteachadh seo le Còmhdhail Alba agus a’ chompanaidh a bhuineas ris a’ chùis, mar phàirt dhen riaghlachas nas fharsainghe a thaobh leasachadh nam pròiseactan seo.

A thaobh phròiseactan a th' air an stiùireadh le CMAL, bidh Stiùiriche a' Phròiseict aig CMAL ag aontachadh ri Còmhdhail Alba agus ris a’ chompanaidh a bhuineas ris a’ chùis, agus a’ foillseachadh, Plana Conaltraidh agus Com-pàirteachaidh a leanas pàtran cunbhalach, mar as trice leithid:

- sreath de thachartasan poblach (aghaidh ri aghaidh agus/no air-loidhne) aig prìomh ìrean a’ phròiseict no a’ phrògram, gus fiosrachadh a thoirt seachad agus molaidhean a lorg, 's beachdachadh faiceallach ann a thaobh àm, àite agus foillseachadh nan cothroman seo;
- “buidheann-iomraidh” de phrìomh luchd-ùidhe, airson co-chomhairleachaidh agus com-pàirteachaidh nas mionaidiche air leasachadh a’ phròiseict no a’ phrògram;

- duilleag-phròiseict shònraichte air làrach-lìn CMAL far an nochd fiosrachadh agus cunntasan às ùr;
- clàradh leis a h-uile beachd an luchd-ùidhe agus mar a chaidh am freagairt;
- com-pàirteachadh gu dìreach ris an fheadhainn ann an aonaidhean-ciùird a riochdaicheas criutha agus luchd-obrach;
- aithisg a bheir mion-fhiosrachadh air gach conaltradh agus com-pàirteachadh a rinneadh tron phròiseact, nam measg “na chaidh ionnsachadh” airson pròiseactan eile agus san àm ri teachd.

Tha Measadh Buaidh air Coimhearsnachdan Eileanach ga dhèanamh cuideachd airson cur ris an dòigh anns an tèid Plana Cheanglaichean nan Eilean air fad a leasachadh; tha seo a’ toirt a-steach Plana nan Soithichean agus nam Port seo. Leis a’ phròiseas seo, thathar airson a bhith cinnteach gun tèid na buaidhean air coimhearsnachdan eileanach a chlàradh agus a thoirt fa-near ann an leasachadh nam molaidhean seo.

## Maoineachadh agus Cosgaisean Reusanta

Tha e cudromach gum bi seirbheisean-aiseig na h-Alba stèidhichte air bunait ionmhasail fhad-ùine, sheasmhach, agus gum mair na cosgaisean reusanta. Ma thathar airson am Plana seo a libhrigeadh gu soirbheachail, bidh tasgadh-airgid mòr, maireann a dhìth. Tha am Plana seo a’ meòmhrachadh agus ag aithris air prìomhachasan a’ Phlana Ionmhais airson Bun-structair a th’ ann an-dràsta (2021-2026), ’s e a’ togail air an adhartas sin tro bhith a’ moladh prògram-tasgaidh bho 2025 agus thairis air an ùine fhada. Ann an co-theacsa an ionmhais phoblaich a tha cuingealaichte a-nis agus a mhaireas cuingealaichte sna bliadhnaichean ri teachd, feumaidh sinn a bhith cinnteach gun tig Luach an Airgid bho thasgaidhean, ’s sin aig prìs reusanta.

Thèid molaidhean-tasgaidh fa leth a leasachadh a rèir stiùireadh bho Chòmhdhail Alba agus a stèidheachadh air planaichean-gnothachais làidir leis an gabh gealltanasan buidseit ioma-bhliadhna a dhèanamh. Tha e riatanach nach coilean molaidhean-tasgaidh cosgaisean calpa aon-turais a-mhàin, ach gun coilean iad cosgaisean-obrach leantainneach a’ chriutha agus a’ chonnaidh, cìsean-cala, cosgaisean eile an lùib soitheach a ruith, agus cosgaisean eile an lùib port a ruith, leithid chosgaisean luchd-obrach agus obair-ghlèidhidh. A bharrachd air sin, thèid gach plana-gnothachais a stiùireadh leis an teachd a-steach a th’ ann an-dràsta, agus a tha san amharc, bho chustamairean agus bho chothroman eile air cruthachadh teachd a-steach – gu h-àraid far an tig tuilleadh taic-airgid bho thasgaidhean a thathar a’ moladh.

A rèir an dà chuid Leabhar-làimhe air Ionmhas Poblach na h-Alba agus an Leabhar Uaine aig HM Roinn an Ionmhais, gabhaidh Luach an Airgid a mheasadh tro bhith a’

coimhead air na cosgaisean agus na buannachdan an lùib roghainn a th' ann (mar as trice mas e ceum ùr a th' ann), no tro bhith a' coimhead air dè cho cosg-èifeachdach 's a tha na roghainnean ann a bhith a' ruigsinn toraidhean no a' cumail suas toraidhean a th' ann mar-thà. Anns an dà shuidheachadh, thèid seo a dhèanamh a rèir amasan Riaghaltas na h-Alba a th' air am mìneachadh ann am Plana Nàiseanta nan Eilean agus san Ro-innleachd Còmhdhail Nàiseanta.

Nì sinn cinnteach gu bheil Luach an Airgid ann tro bhith a' faighinn sealladh iomlanach air buannachdan agus cosgaisean an tasgaidh, ma bhios sin freagarrach. Tha grunn chosgaisean agus bhuannachdan an lùib sheirbheisean-aiseig nach gabh a mhìneachadh gu furasta ann an àireamhan no nach tig ann an cruth airgid, leithid co-aonachadh, ruigsinneachd, in-ghabhail sòisealta, agus a bhith a' coimhead air cosg-èifeachdas nan roghainnean far am bi sin freagarrach. Bidh sinn ag obair còmhla ri companaidhean-aiseig agus luchd-ùidhe airson an dòigh a leasachadh anns an aithnich sinn an luach sòisealta nas fharsainghe de bhàtaichean-aiseig mar sheirbheisean poblach riatanach; 's ann mar seo a gheibh an fheadhainn a nì na co-dhùnidhean adhbharan làidir airson tasgadh-airgid poblach.

Anns an dà shuidheachadh, tro bhith a' measadh Luach an Airgid, nithear cinnteach gum freagair na beachdan a thathar a' moladh ri targaidean agus amasan ro-innleachdail. An seo, tha *luach* a' toirt a-steach nam buannachdan sòisealta, eaconamach agus àrainneachdail a thig bho thasgadh-airgid poblach; nam measg, ma tha cothrom ann - tro shoitheach ùr no tro ùrachadh a' phuirt – seirbheisean a leasachadh ann an dòigh a dhèiligeas ri feumalachdan a chaidh aithneachadh ann an co-cheangal ri ceanglaichean còmhdhail.

Tha na cosgaisean airson airgead a thasgadh ann an soithichean, puirt agus seirbheisean-aiseig air am maoineachadh gu ìre le teachd a-steach bho fharaidhean. Mar sin, cha gabh Plana nan Soithichean agus nam Port seo a lìbhrigeadh leis fhèin às aonais nan eileamaidean eile sa PhCE, nam measg, MFC ùraichte a thaobh sheirbheisean agus ath-sgrùdadh iomlanach air roghainnean faraidhean-aiseig an ama ri teachd mar phàirt de dh'adhartas a dh'ionnsaigh seasmhachd ionmhasail nan seirbheisean-aiseig.

Le *Cosgaisean Reusanta*, thathar a' tuigsinn gu bheil dearbhadh ann, aig àm a' cho-dhùnidh thasgaidh, gu bheil am maoineachadh riatanach ri fhaighinn agus gum bi e ri fhaighinn anns na bliadhnaichean ionmhasail a mhaireas am pròiseact-togail.

'S e am prògram-tasgaidh a thèid a mhìneachadh san dreach seo dhen Phlana – 's e air a stiùireadh leis a' chiad chom-pàirteachadh ri luchd-ùidhe – am prògram a thathar a' moladh agus a tha a dhìth airson an lìonra de sheirbheisean-aiseig a th' ann an-dràsta a chumail suas agus a ruith gu sàbhailte. Ged a chaidh taic-airgid a sholarachadh – a rèir co-dhùnidhean pròiseict fa leth – airson nan ciad bhliadhnaichean dhen Phlana (2021-2026), tha e cudromach cuideam a chur air a'

phuing gur ann air Pàrlamaidean agus Riaghaltasan ri teachd a bhios an dleastanas co-dhùnaidhean a dhèanamh a thaobh a' phrògram-thasgaidh iomlain a chaidh aithneachadh airson nam bliadhnaichean ri thighinn; mar sin, cha deach maoinachadh a sholarachadh an sin fhathast. Air sgàth ùine fhada a' Phlana, bidh feum ann air prìomhachasan ùra agus sùbailteachd, gu h-àraid aig ìrean nas fhaide air adhart anns a' Phlana, leis gur ann air na tha ri fhaotainn de mhaoineachadh a bhios astar libhrigeadh a' Phlana stèidhichte, air a' cheann thall.

Thèid co-dhùnaidhean tasgaidh fa leth a dhèanamh ann an co-theacsa solarachadh nam buidseatan agus suidheachadh a' mhargaidh a bhios ann thar ùine. Nuair a bhios co-dhùnaidhean doirbh rin dèanamh taobh a-staigh a' phrògram san fharsaingeachd air sgàth dùbhlain prìse, thèid iad seo a stiùireadh leis an dòigh-obrach a thaobh "Tasgadh-airgid a rèir Phrìomhachasan" a thèid a mhineachadh gu h-ìosal.

Mar as trice, 's e iasadan calpa (CDEL) agus grantaichean a chleachdas Còmhdhail Alba air pròiseactan soithich agus puirt. 'S ann bho thaic-airgid do ghoireasan (RDEL) a gheibh companaidhean na roinne grantaichean gus taic a chumail ri seirbheisean-aiseig leantainneach a thathar a' solarachadh tro na cùmhnantan SACIG agus SAET. Leis a' cho-theacsa ionmhasail dùbhlanaich, 's ann air bunait chosgaisean fad-beatha a nithear beachdachadh air a' bhuidhe air cosgaisean-obrachaidh mar phàirt dhen prògram a thathar a' moladh sa Phlana seo, agus nuair a thèid pròiseactan-tasgaidh a cheadachadh airson sealbh-soithich agus -puirt a th' ann an-dràsta ùrachadh no airson sealbh ùr a chur na àite. Bithear a' tòiseachadh an seo leis a' bharrachd nach tig àrdachadh ann an cosgaisean-obrachaidh an t-seilbh sin tro bhith a' tasgadh a' chalpa, mura bi suidheachadh sònraichte ann le argamaid làidir co-cheangailte ri Luach an Airgid. A bharrachd air sin, bu chòir pròiseactan feuchainn ri na cosgaisean-obrachaidh a lùghdachadh ma tha sin comasach agus reusanta. Le seo, gabhaidh sàbhalaichean ath-thasgadh ann an seirbheisean, 's iad nan cuideachadh a thaobh seasmhachd ionmhasail fhad-ùine nan lìonraidhean-aiseig againn.

## Tasgadh-airgid a rèir Phrìomhachasan

A rèir Rangachd Tasgadh Seasmhach na Ro-innleachd Còmhdhail Nàiseanta, tha am Plana seo a' cur fòcas air sealbh-soithich agus -puirt airson 's gun gabh lìonra nan slighean agus nan seirbheisean a th' ann an-dràsta a chumail suas agus a ruith gu sàbhailte. Mar sin, tha e a' moladh tasgaidhean airson leasachaidhean ann an earbsachd agus seasmhachd taobh a-staigh a' chabhlaich a choileanadh, agus airson aois chuibheasach nan soithichean de thimcheall air 15 bliadhna a ruigsinn mar thargaid ro dheireadh an deichead seo. Ge-tà, nuair a ruigeas pròiseactan fa leth na puingeann aig am feumar prìomh cho-dhùnaidhean a dhèanamh, dh'fhaodte nach

bi am maoinachadh riatanach ri fhaotainn. Tha dòigh-obrach neo-phàirteach, shoilleir a dhìth airson prìomhachasan a cho-dhùnadh.

Bu chòir na tha ri fhaotainn de mhaoineachadh agus de thasgadh a bhith na phrìomhachas, feuch am bi na seirbheisean riatanach seo fhathast aig coimhearsnachdan a tha an urra ri aiseagan. San t-seagh sin, tha sinn a' moladh ann an leithid a shuidheachaidhean gun gabhadh airgead a thasgadh a rèir prìomhachasan tro bhith a' dèanamh cinnteach – sa chiad dol a-mach – gu bheil na bunaithean ann airson seirbheisean seasmhach agus airson seasmhachd shòiseo-eaconamach nan coimhearsnachdan, gu h-àraid a thaobh earbsachd agus daingneachd. Ann an suidheachaidhean far am feumar co-dhùnaidhean doirbh a dhèanamh air sgàth dùbhlain prìse, bhiodh na trì eileamaidean a leanas nam prìomhachasan (chan eil iad seo ann an òrdugh, 's iad gan toirt fa-near còmhla)

- seasmhachd nan seirbheisean-aiseig tro bhith a' cumail suas agus ag àrdachadh earbsachd agus daingneachd; mar phàirt de seo, bhiodh beachdachadh ann air a bheil dòighean eile ann gus ceanglaichean còmhdhail riatanach a chumail suas do choimhearsnachdan tro shiubhal-aiseig, -adhair no -rathaid ri linn bacaidhean air a' bhun-structar air prìomh shlighe-aiseig;
- na slighean- agus seirbheisean-aiseig sin a tha nam prìomh cheangal còmhdhail do dhaoine, bathar agus seirbheisean a tha a dhìth airson seasmachd gach coimhearsnachd;
- na coimhearsnachdan sin a thathar a' meas ann an cunnart nas motha de chrìonadh an t-sluaigh agus na h-eaconamaidh, agus far an do dh'aithnich obair-mheasadh gur e tasgadh ann an sealbh-aiseig an roghainn as fheàrr airson dèiligeadh ris a' chunnart sin. Chan eil am Plana seo ag ainmeachadh nan coimhearsnachdan sin – thèid seo a stèidheachadh air mion-sgrùdadh agus stiùireadh bho Riaghaltas na h-Alba agus ùghdarrasan ionadail, bho chùis gu cùis.

Dh'aontaich a' chuid a bu mhotha de luchd-freagairt co-chomhairleachaidh ris an dòigh-obrach a bhathar a' moladh, mar sin thèid seo fhisge a-steach do cho-dhùnaidhean co-cheangailte ri ro-phlanadh agus tasgadh. Tha am factar a thaobh "choimhearsnachdan a thathar a' meas ann an cunnart nas motha de chrìonadh an t-sluaigh agus na h-eaconamaidh" fhathast ann, agus tha sinn mothachail air na draghan a thog cuid dhen luchd-freagairt co-chomhairleachaidh a thaobh dè a dh'fhaodadh a bhith an lùib seo do phròiseactan soithich agus puirt a fhrithéalas eileanan a tha a' fàs, agus far an deach aithneachadh gu bheil feum ann air tuilleadh comas-lìonaidh. Thèid na pròiseactan seo fhathast a leasachadh, 's aithrisean gan dèanamh orra. Tha am Plana seo cuideachd a' cur cuideam air ro-phlanadh airson sealbh-soithich agus -puirt ùr a chur an àite an t-seann sheilbh nuair a thig e faisg air deireadh a bheatha; cumaidh seo taic ris an amas gun tèid aois chuibheasach de 15 bliadhna a ruigsinn sa chabhlach ro dheireadh an deicheid seo, agus gun tèid an

cunnart a lùghdachadh gum feumar obair-leasachaidh a dhèanamh aig puirt air sgàth milleadh.

## Sùil air Adhartas agus Ath-sgrùdadh

Ged as e an dreach “mu dheireadh” dhen Phlana a tha seo, 's e an t-amas gun tèid ath-sgrùdadh agus ùrachadh gu h-iomlan a h-uile còig bliadhna, airson 's gu bheil an-còmhnaidh ro-shealladh ann air na 20-25 bliadhna ri thighinn. Ge-tà, thathar ag amas cuideachd gun tèid am Plana ath-nuadhachadh a h-uile dàrna no treas bliadhna airson atharrachaidhean sam bith a thoirt fa-near – 's aithne ann gu bheil am prògram-tasgaidh caochlaideach an àite a bhith seasmhach. Mar sin, thèid a' chiad ath-nuadhachadh a dhèanamh ro 2027, agus thèid Plana nan Soithichean agus nam Port a th' air ùrachadh gu h-iomlan fhoillseachadh ro dheireadh 2029.

Thèid am prògram iomlan a th' air a mhìneachadh sa Phlana a chumail fo ath-sgrùdadh cunbhalach, agus thèid prìomhachas a thoirt dha na molaidhean a th' ann, mar thoradh air an t-suidheachadh ionmhasail agus a thaobh adhartas a dh'ionnsaigh seasmhachd ionmhasail nan lionraidhean-aiseig againn. Bhiodh na leanas ri fhaicinn an seo:

- adhartas le cur an gnìomh a' phròiseict;
- atharrachaidhean air sgàth cho-dhùnaidhean a rinneadh nuair a bha am pròiseact / prògram ga chur an gnìomh;
- toraidhean de dh'ath-sgrùdaidhean meadhan-beatha agus measaidhean ùraichte air feumalachdan;
- toraidhean de mheasaidhean cunbhalach air staid nan soithichean agus nam port.

Bithear a' cumail sùil leantainneach air cur an gnìomh a' Phlana seo cuideachd, tro aithrisean cunbhalach air pròiseactan agus prògraman fa leth – sa mhòr-chuid, tro na duilleagan-pròiseict air [làrach-lìn CMAL](#).

## Planaichean Tasgaidh

### Ùrachadh Seilbh

Tha am Plana seo a' mìneachadh a' phrògram-thasgaidh a thathar a' moladh gus lionra nan seirbheisean-aiseig a th' ann an-dràsta a chumail suas agus a ruith gu sàbhailte, gu h-àraid tro bhith a' dèanamh na leanas:

- ag ath-nuadhachadh a' chabhlaich agus ag ùrachadh nam port mar fhreagairt do dh'aois agus staid an t-seilbh;

- a' leasachadh earbsachd theicnigeach – agus ri linn droch shìde – nuair a thèid airgead a thasgadh ann an soithichean ùra agus ann an ùrachadh nam port;
- a' leasachadh seasmhachd tro mheudachadh ann an cabhlach nam prìomh shoithichean, agus tro bharrachd eadar-obrachadh nan soithichean agus nam port taobh a-staigh cabhlaichean nan soithichean mòra agus beaga.

A thaobh nan soithichean, 's e an t-amas gun tèid aois chuibheasach a' chabhlaich a thoirt sìos gu timcheall air 15 bliadhna, 's leasachaidhean riatanach gan dèanamh cuideachd air earbsachd agus seasmhachd.

'S e an t-amas gun tèid ath-sgrùdaidhean air an t-sealbh a dèanamh le CMAL, agus leis a' chompanaidh a bhuineas ris a' ghnothach, timcheall air àm meadhan-beatha an t-seilbh fhèin. 'S ann mar seo a thèid co-dhùnidhean a stiùireadh air pròiseactan a thathar a' planadh gus beatha an t-seilbh a leudachadh, air ath-shuidheachadh nan soithichean, agus air an àm a tha san amharc gus soithichean ùra a chur ann no cuidhteas fhaighinn dhe na soithichean a th' ann an-dràsta. Bhiodh ath-sgrùdaidhean dhen leithid nam pàirt dhen obair gus sealbh a làimhseachadh gu ceart, agus thèid na toraidhean fhisge a-steach do dhreachan a' Phlana seo san àm ri teachd. Bidh ro-phlanadh san ùine fhada na chuideachadh dhan a h-uile pàrtaidh cuideachd – agus gu h-àraid dha na companaidhean a bhios a' ruith nan seirbheisean – a thaobh planadh luchd-obrach, fastadh agus trèanadh.

## Ìrean Lìbhrigidh

Thèid am Plana seo a bhriseadh sìos ann an 4 ìrean farsaing:

- Ìre 1 – pròiseactan air an liostadh sa PhIB, 's dùil ann gun tòisich iad no gun tèid an libhrigeadh ann an 2021-2026.
- Ìre 2 – pròiseactan far a bheil moladh ann gun tòisich iad no gun tèid an libhrigeadh ann an 2026-2031.
- Ìre 3 – pròiseactan far a bheil moladh ann gun tòisich iad no gun tèid an libhrigeadh ann an 2031-2036.
- Ìre 4 – pròiseactan far a bheil moladh ann gun tòisich iad no gun tèid an libhrigeadh ann an 2036-2045.

Thèid an ìre de mhì-chinnt suas a thaobh ìrean nas anmoiche. Nuair a thig e gu h-aon 's gu dhà, bidh astar agus àm an libhrigidh an crochadh ri grunn fhactaran, nam measg toraidhean nan MFC, molaidhean bho luchd-ùidhe, na bhios ri fhaotainn de mhoineachadh, comasan nan solaraichean, agus ath-sgrùdaidhean ùraichte air staid an t-seilbh. Gus a bhith cinnteach gum bi am fiosrachadh as ùire ri lorg sa Phlana seo, thathar ag amas air ath-nuadhachadh a dhèanamh air a h-uile dàrna no treas bliadhna, 's ùrachadh iomlan ga dhèanamh air a h-uile còig bliadhna.

## Ìre 1 – 2021-2026

### Leasachaidhean nan Cabhlaichean agus nam Port

Mar a chaidh a mhìneachadh gu h-àrd, thug PIB Riaghaltas na h-Alba a chaidh fhoillseachadh sa Ghearran 2021 iomradh air sreath de phròiseactan soithich agus puirt a bhathar airson a thoirt air adhart anns na còig bliadhna dhen PhIB bhon Ghiblean 2021 chun a' Mhàirt 2026, a bharrachd air crìochnachadh na h-obrach air an MV Glen Sannox agus an MV Glen Rosa.

Seo na pròiseactan a chaidh a liostadh sa Phlana sin:

Pròiseactan gus soithichean ùra a thogail do:	Pròiseactan mòra gus calachan a leasachadh aig:
<ul style="list-style-type: none"> <li>Dh'Ìle</li> <li>Sheirbheisean do luchd-siubhail air Gurraig-Dùn Omhain-Cille Chreagain</li> <li>Shuas ri 7 soithichean beaga do lionra Chluaidh agus Innse Gall</li> <li>Chreag an Iubhair-An t-Òban</li> <li>Mhalaig-Loch Baghasdail</li> <li>Shoithichean-bathair dha na h-Eileanan mu Thuath</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Àird Rosain</li> <li>A' Chuan Sgith: Ùige, an Tairbeart agus Loch nam Madadh</li> <li>Gurraig</li> <li>Loch Baghasdail (Gasaigh)</li> <li>Armadal</li> <li>Ceann na Creige</li> <li>An Òban</li> </ul>

Leis an ùine fhada a bheir pròiseactan soithich agus puirt, bha fios ann an-còmhnaidh gum biodh grunn dhe na pròiseactan seo feumach air tuilleadh maoinachaidh airson obair-thogail seachad air na còig bliadhna dhen PhIB.

Thèid adhartas nam pròiseactan sin gu ruige seo, nam measg an MV Glen Sannox agus an MV Glen Rosa, agus cuid a phròiseactan mòra eile a chaidh a chur ris an liosta bho chaidh am PIB fhoillseachadh, a mhìneachadh gu h-ìosal:

### Coileanta

- Port an Tairbeirt
- Port Loch nam Madadh
- MV Glen Sannox

### A' dol air adhart

- MV Glen Rosa
- Port Ùige
- Soitheach 1 do dh'Ìle (MV Isle of Islay)

- Prògram gus Soithichean Beaga Ùra a Thogail (Ìre 1)

## Gan leasachadh

- Port Àird Rosain
- Port Ghurraig
- Soithichean do Ghurraig-Dùn Omhain/Cille Chreagain
- Soithichean-bathair dha na h-Eileanan mu Thuath
- Soitheach do Mhalaig-Loch Baghasdail
- Port Loch Baghasdail (Gasay)
- Soitheach do Chreag an Iubhair-An t-Òban
- Armadal
- An t-Òban

## Ùr, bho chaidh am PIB fhoillseachadh

- Soitheach 2 do dh'Ìle (MV Loch Indaal)
- Soitheach Ìleach airson 's gun gabh obraichean-puirt a dhèanamh (Ceann na Creige/Port Ilein/Colbhasa)
- Soithichean 1 agus 2 a' Chuain Sgìth (MV Lochmor agus MV Claymore)
- Obraichean-puirt an SVRP
- Leasachadh port-aiseig Phort Ilein
- Ìre 2 an SVRP
- Acarsaid aig port Mhalaig do dh'aiseagan thairis air an oidhche

A bharrachd air seo, tha grunn phròiseactan-puirt eile fo dhleastanas treas-phàrtaidhean gan leasachadh, gu sònraichte an fheadhainn a leanas:

- Creag an Iubhair – Tha Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid (CEB) ag obair a dh'ionnsaigh Plana-gnothachais Mìneachail airson ath-leasachadh mòr a dhèanamh air a' phort a th' ann an-dràsta, 's an sealbh seo a' tighinn gu deireadh a bheatha;
- Dùn Omhain agus Cille Chreagain – Mar phàirt dhen phròiseact a tha CMAL a' stiùireadh airson soithichean ùra a thogail, tha CEB ag obair air dealbhaidhean airson 's gun gabh soithichean an ama ri teachd a chleachdadh air seirbheisean gu Gurraig;
- Eilean Ì agus Fionnphort – tha CEB a' dèanamh obair co-cheangailte ri dealbhadh agus ceadachadh reachdail a thaobh ùrachadh nam port seo; bheir seo piseach air earbsachd an turais-aiseig.

## Àrdachadh ann an Seasmhachd nan Cabhlaichean – Soithichean Mòra SACIG

Leis an libhrigeadh de shoithichean ùra tro Ìre 1, thig àrdachadh ann an seasmhachd cabhlach nan soithichean mòra cuideachd, leis:

- gun tèid “soitheach seasmhachd” mòr SACIG a chumail mar phrìomhachas, às dèidh libhrigeadh comais-lionaidh ùir a dh’fhàgas an lìonra seasmhach suas ri 2030 co-dhiù. Ged a mhaireas an soitheach na phàirt de chabhlach SACIG, bu chòir an t-àrdachadh seo ann am meud a’ chabhlaich cuideachd a bhith na roghainn a dh’fhaodadh freagairt air bacaidhean air lìonra SAET ris nach robhar an dùil;
- gun tèid dà shoitheach a chur ann an seirbheis, as t-samhradh, air seirbheisean Ùige-an Tairbeart/Loch nam Madadh (“An Cuan Sgìth”). Bidh seo a’ neartachadh seasmhachd nan seirbheisean dha na h-Eileanan an Iar air fad (mar eisimpleir, ma thig bacaidhean air na seirbheisean gu Steòrnabhagh no Barraigh) agus dha lìonraidhean SACIG agus SAET san fharsaingeachd.

Leis an dà cho-dhùnadh seo, thèid meud cabhlach nan soithichean mòra SACIG a th’ ann an-dràsta àrdachadh bho 10 gu 12.

Nithear ath-sgrùdadh timcheall air 2023 air an fheum a bhios ann air an “t-soitheach seasmhachd” san àm ri teachd, aon uair ’s gu bheil cabhlach nan soithichean mòra air ùrachadh ’s gun gabh measadh a dhèanamh air na leasachaidhean ann an seasmhachd a thig bho chabhlach de shoithichean nuadh. ’S ann bhon chabhlach a th’ ann an-dràsta a thèid an “soitheach seasmhachd” a thaghadh agus thèid a chumail air an adhbhar sin – cha bhi feum ann air soitheach ùr eile a cheannachd.

Thathar an dùil ri soithichean ùra (air an togail às ùr no cleachdte) do 8 dhe na soithichean mòra eile air lìonra SACIG (ach a-mhàin dhan “t-soitheach seasmhachd”) aig Ìrean 1 agus 2. Chan eilear an dùil ri soithichean ùra a thèid an àite an MV Finlaggan agus an MV Loch Seaforth ach aig Ìre 4.

Seo na pròiseactan airson soithichean mòra ùra a chur ann air lìonra SACIG a tha aig diofar ìrean mar-thà anns a’ phrògram-tasgaidh:

- 801 (Glen Sannox) – air a libhrigeadh san t-Samhain 2024
- 802 (Glen Rosa) – ga thogail;
- dà shoitheach ùr do dh’Ìle – ga thogail;
- dà shoitheach “clas Ìle” a bharrachd dhan “Chuan Sgìth” – gan togail;
- soitheach ùr do Mhalaig-Loch Baghasdail – pròiseact ga leasachadh gun mhaoineachadh ann an-dràsta, agus;

- soithichean ùra do Chreag an Iubhair-An t-Òban – pròiseact ga leasachadh gun mhaoineachadh ann an-dràsta.

'S ann air sgàth shoithichean ùra a thèid ann an seirbheis a ghabhas cuid a shoithichean mòra ath-shuidheachadh. Ged a tha planaichean ath-shuidheachaidh fhathast fo sgrùdadh, 's ann leis na barailean a leanas a thathar ag obair an-dràsta gus na planaichean a th' ann a stiùireadh:

- às dèidh dhan MV Glen Sannox agus MV Glen Rosa a dhol ann an seirbheis, thèid an MV Caledonian Isles ath-shuidheachadh mar phàirt de sheirbheisean Chreag an Iubhair-An t-Òban, gus an tèid soithichean ùra a cheannachd agus a libhrigeadh dhan t-slighe sin, 's an MV Isle of Mull ga thoirt a-mach à seirbheis gus cuidhteas fhaighinn e;
- às dèidh dhan dà shoitheach ùr do dh'Ìle a dhol ann an seirbheis, thèid an MV Finlaggan na “shoitheach seasmhachd”, 's an MV Isle of Arran ga thoirt a-mach à seirbheis gus cuidhteas fhaighinn e;
- às dèidh dhan dà shoitheach ùr dhan Chuan Sgìth a dhol ann an seirbheis, thèid an MV Hebrides ath-shuidheachadh mar phàirt de sheirbheisean An Òbain-Colla/Tiriodh agus An Òbain-Colbhasa, 's an MV Clansman ga ath-shuidheachadh mar phàirt de sheirbheis An Òbain-Bàgh a' Chaisteil, 's an MV Isle of Lewis ga thoirt a-mach à seirbheis gus cuidhteas fhaighinn e.

Mar sin, 's ann tro libhrigeadh soirbheachail nam pròiseactan seo uile a bhios dà shoitheach mòr eile air lìonra SACIG air fhàgail aig Ìre 2.

## Am Prògram gus Soithichean Beaga Ùra a Thogail (SVRP)

Mar phàirt dhen PhIB, tha gealltanais ann dhan SVRP, 's seo na chomharra de dh'aois iomadh bàta-aiseig SACIG dhen t-seòrsa seo.

Anns a' Phlana-ghnothachais Mhìneachail (OBC) dhan chiad ìre dhen SVRP, bha molaidhean ann air an àireamh de shoithichean ùra a thigeadh an àite seann shoithichean, air dè seòrsa soithichean ùra a bhiodh ann, agus àm ceannachd nan soithichean sin. Chaidh crìoch a chur air a' phlana ann an 2024, 's ceannachd nan soithichean a' tòiseachadh san Iuchar 2024. Chaidh cùmhnant a thoirt seachad sa Mhàrt 2025 airson soithichean ùra a chur an àite 7 dhe na soithichean as sine anns a' chabhlach. Tron phrògram sin, thèid na leasachaidhean a libhrigeadh a rinneadh air cur an gnìomh nan soithichean ùra agus nan soithichean a th' ann an-dràsta, air obraichean-puirt co-cheangailte ris a' ghnothach (nam measg, am feum a bhios ann air cumhachd cladaich), agus air mar a thèid soithichean ath-shuidheachadh no cuidhteas fhaighinn dhiubh. Tha cabhlach nan soithichean beaga a' faighinn

buannachd mar-thà bhon t-seasmhachd a tha an lùib barrachd shoithichean – aig an àm seo, 's iad an MV Loch Linnhe agus an MV Loch Bhrusda. Tha sinn ag amas air a' bhuannachd an lùib na seasmhachd seo a chumail tron SVRP.

B' fhiach e am moladh bho Phlana nan Aiseagan (2012) a thoirt air adhart – gum bithear ag amas air aon turas-aiseig a-mhàin do luchd-siubhail agus do charbadan bhon Rubha gu Port na h-Apann; 's e seo an turas-aiseig as giorra dhen dà thuras-aiseig gu Lios Mòr. 'S ann air còmhradh ri luchd-ùidhe, an MFC agus com-pàirteachadh ri coimhearsnachdan Lios Mhòir agus na h-Apaimn a bhithear a' stèidheachadh plana-gnothachais sam bith a chumas taic ris a' mholadh seo.

Tha an SVRP a' togail air an toiseach-tòiseachaidh a rinneadh bho chionn ghoirid air Ìre 2, 's an t-amas ann gun tig soithichean ùra an àite tuilleadh seann shoithichean – nam measg, an fheadhainn a fhrithealas Caolas na Hearadh agus Caolas Bharraigh, 's beachdachadh ann cuideachd air soithichean do Mhalaig-Armadal san àm ri teachd.

## Gurraig-Dùn Omhain/Cille Chreagain

Anns a' PhIB, bha gealltanais ann cuideachd airson bàtaichean-aiseig ùra a chur ann do luchd-siubhail air seirbheisean bho Ghurraig gu Dùn Omhain agus Cille Chreagain, 's seo na chomharra de dh'earbsachd agus staid nan seann shoithichean an àite a bhith na chomharra de dh'aois nan soithichean a-mhàin. Tha am Plana-gnothachais Mìneachail seo do shoithichean ùra cuideachd a' dol air adhart. Chaidh na [MFC do Chomhghall \(aiseag luchd-siubhail Ghurraig-Dùn Omhain\) agus do Ros Neimhidh \(aiseag luchd-siubhail Ghurraig-Cille Chreagain\)](#) fhoillseachadh air an 11a latha dhen t-Sultain 2024 agus, air an 13s latha dhen Mhàrt 2025, thuirt [Ministear an Àiteachais agus Ceangal gun tigeadh lùghdachadh air seirbheisean mar fhreagairt air feumalachdan a chaidh aithneachadh sa choimhearsnachd](#), 's fios ann gun gabhadh fòcas a chur a-nis air a' phròiseact gus soithichean ùra a chur ann, 's seirbheis nas earbsaiche eadar Gurraig agus Dùn Omhain a' tighinn na chois.

## Soithichean-bathair dha na h-Eileanan mu Thuath

'S ann aig ìre dealbhaidh a tha pròiseact fo stiùireadh CMAL a-nis, 's cùisean a' gluasad a dh'ionnsaigh ullachadh Plana-Gnothachais Mìneachail. Tha am pròiseact ag amas air dealbhadh nas fheàrr a chur an àite an dà shoithich-bathair air slighean nan Eilean mu Thuath; cuiridh seo ris a' chomas-lionaidh agus thig lùghdachadh air ùine an turais, agus dh'fhaodte gun cuir e ri sùbailteachd a' chomais-lionaidh do luchd-siubhail.

## Puirt agus Calachan

Thathar an dùil gun tig grunn phròiseactan-puirt mòra gu crìoch, no gun tig adhartas mòr orra, aig Ìre 1: An Tairbeart (coileanta), Loch nam Madadh (coileanta), Ùige, An Truthail (obraichean comasachaidh; ann am faclan eile, gabhaidh am port a chleachdadh), agus Ìle (obraichean comasachaidh). Tha pròiseactan-puirt CMAL eile gan leasachadh ach gun mhaoineachadh: a thaobh meud, 's iad ath-leasachadh port-aiseig Ghurraig, ath-leasachadh port-aiseig Phort Ilein, agus togail port Ghasay (Loch Baghasdail) na pròiseactan as cudromaiche dhiubh sin.

Aig an àm seo, tha ath-sgrùdadh ga dhèanamh air plana-gnothachais agus cosgaisean pròiseact Àird Rosain. Tha seo fìor chudromach gus farsaingeachd nan obraichean a mhìneachadh; 's ann mar seo a bhios tuilleadh cinnt ann air cosgaisean a' phròiseict agus air na pacaidean ionmhasail a bhios a dhìth bho gach buidheann-maoineachaidh airson seirbheis nas fheàrr a libhrigeadh do choimhearsnachd Arainn. Chaidh stad rè ùine a chur air a' phròiseact sa Ghearran 2025 airson dòigh-lìbhrigidh eile a rannsachadh, leis gur dòcha gum faod CMAL am port a cheannachd bhon bhuidheann Peel Ports.

## Leasachaidhean a bharrachd

Aig Ìre 1, tha sinn cuideachd a' moladh gun tòisichear air planaichean-gnothachais a leasachadh airson grunn phròiseactan eile, a bharrachd air an fheadhainn air a bheilear ag obair mar-thà, feuch an tèid ìrean nas anmoiche dhen dreachd-phlana seo air adhart mar bu chòir:

- Na h-Eileanan Tarsainn: Pròiseact gus soithichean ùra a thogail, agus obraichean-puirt co-cheangailte ris;
- SACIG: Pròiseact gus soithichean mòra ùra a chur an àite an MV Clansman agus an MV Hebrides, agus;
- SAET: Pròiseact gus soithichean ùra a chur an àite an MV Hrossey, an MV Hjaltland agus an MV Hamnavoe.

## Ìre 2 – 2026-2031

### Leasachadh nan Cabhlaichean agus nam Port

Aig Ìre 2, bidh feum mòr ann air tuilleadh planadh-maoineachaidh agus libhrigeadh shoithichean agus phort air lìonraidhean SACIG agus SAET. Ma thathar a' tuigsinn gun gabh soitheach a ruith fad 30 bliadhna air na lìonraidhean seo, tha na leanas am measg nam molaidhean againn:

- gun tèid Ìre 1, agus a’ mhòr-chuid de dh’Ìre 2 dhen Phrògram gus Soithichean Beaga Ùra a Thogail, a chrìochnachadh;
- gun tig soithichean ùra an àite an dà shoithich-bhathair SAET (às dèidh toiseach 2028);
- gun tèid ath-nuadhachadh cabhlach nan soithichean mòra SACIG – nam measg, soithichean do Chreag an Iubhair-An t-Òban agus do Mhalaig-Loch Baghasdail – a chrìochnachadh;
- gum bi comas-lìonaidh ùr ann dha na h-Eileanan Tarsainn (ro 2030/2031);
- gun dèanar obraichean comasachaidh air puirt co-cheangailte ris na pròiseactan-soithich gu h-àrd;
- gun dèanar adhartas mòr air pròiseactan-puirt CMAL aig Armadal, an Òban agus Bàgh a’ Chaisteil, a bharrachd air crìoch a chur air a’ mhòr-chuid dhe na pròiseactan a thòisicheadh aig Ìre 1;
- gun tèid soithichean ùra a leasachadh/a cheannachd airson nan trì soithichean RoPax air lìonra SAET;
- gun tèid planaichean a dhèanamh airson soithichean ùra a chur an àite nan soithichean SACIG “meadhanach mòr” (tuilleadh fiosrachaidh gu h-ìosal);
- gun tig soitheach ùr an àite an t-soithich a th’ ann an-dràsta do Chearara, an MV Carvorra.

## Seirbheisean luchd-siubhail dha na h-Eileanan mu Thuath

Bidh dà shoitheach mòr do charbadan agus do luchd-siubhail, an MV Hrossey agus an MV Hjaltland a fhrithealas Sealtainn agus Arcaibh bho Obar Dheathain, 30 bliadhna a dh’aois ann an 2032, agus bliadhna às dèidh sin, ruigidh an MV Hamnavoe a fhrithealas Arcaibh thar a’ Chaoil Arcaich an aon aois. Sa phàirt mu dheireadh de dh’Ìre 1, bithear a’ tòiseachadh air obair gus na soithichean ùra a phlanadh agus a cheannachd, le sùil ri libhrigeadh a’ chomais-lìonaidh ùir sa chiad phàirt de dh’Ìre 3. Bheir seo a-steach com-pàirteachadh ri coimhearsnachdan Arcaibh agus Shealtainn agus conaltradh ri luchd-seilbh nan 4 port.

## Na h-Eileanan Tarsainn

Chaidh an MV Lochnevis, soitheach dha na h-Eileanan mu Thuath, a thogail ann an 2000 agus mar sin, thathar an dùil gun tig soitheach ùr na àite ro dheireadh Ìre 2. Tha moladh fhathast ann ann am Plana nan Aiseagan gun tig atharrachadh air an àireamh agus an t-seòrsa de shoithichean a fhrithealas na h-Eileanan mu Thuath; cha deach am moladh seo a thoirt air adhart às dèidh tuilleadh com-pàirteachaidh ris na coimhearsnachdan. Tòisichidh obair gus comas-lìonaidh ùr a chur ann aon uair ’s gun cuirear crìoch air MFC ùraichte. Mar sin, ’s e am plana gun tòisich am pròiseact

seo aig Ìre 1, 's com-pàirteachadh ann ris na ceithir coimhearsnachdan sna h-Eileanan mu Thuath agus conaltradh ann ri luchd-seilbh nam port.

## Lìonra nan Soithichean Mòra SACIG

Mar a chaidh a chomharrachadh gu h-àrd, thèid an MV Hebrides ath-shuidheachadh gu Colla, Tiriodh agus Colbhasa a fhrithealadh. A rèir beatha an t-seilbh, tha dùil ann gun tig soitheach ùr na àite aig deireadh Ìre 2. Mar a chaidh a mhìneachadh san earrann 'Cunbhalachadh' gu h-àrd, thathar ag iarraidh gur e dealbhadh "soitheach Ìle" eile, no dealbhadh coltach ris, a bhiodh seo. Ge-tà, bhiodh seo an crochadh air obraichean comasachaidh air puirt Cholla agus Thiriodh, 's dùil ann gum bi sin cosgail.

Mar sin, tha a' bharrail ann an-dràsta gun tèid obraichean-puirt mòra a dhèanamh – 's aithne ann gum bi feum orra san àm ri teachd a rèir beatha an t-seilbh – le CMAL ann an Colla agus Tiriodh, às dèidh lìbhrigeadh de shoitheach mòr ùr a thathar a' planadh dha na seirbheisean sin aig Ìre 2. Mar sin, feumaidh gun tèid an soitheach ùr a dhealbhadh ann an dòigh 's gum frithealaich e na puirt agus na coimhearsnachdan sin gu h-earbsach. Bidh feum ann cuideachd air comas-lìonaidh freagarrach a chumail taobh a-staigh a' chabhlaich, airson 's gun gabh seirbheisean Cholla agus Thiriodh a choileanadh aig àm càrachadh an t-soithich.

Ge-tà, bhiodh e iomchaidh - mar phàirt dhen phròiseas airson plana-gnothachais a chruthachadh dhan t-soitheach ùr - a bhith a' beachdachadh air an àm, an iomchaidheachd agus reusantachd nan cosgaisean a bhiodh an lùib airgead a thasgadh mar a thathar an dùil, ach nas luaithe, anns na puirt mhòra ann an Colla agus Tiriodh. Mar seo, thachradh e aig an aon àm ris a' phròiseact aig Ìre 2 airson soithichean ùra a thogail. Leis na clàran-ama a tha san amharc, bhiodh feum ann a bhith a' beachdachadh tràth air an roghainn seo.

O chionn 's gu bheil sealbh-puirt a' ruigsinn deireadh a bheatha, tha grunn phròiseactan ùrachaidh mòra gan stiùireadh le CMAL, 's planaichean-gnothachais gan leasachadh gu sònraichte do Loch Baghasdail, do dh'Armadal, do Cheann na Creige agus dhan Òban. Mar phàirt dhe na co-dhùnaidhean a thaobh am faigh na pròiseactan seo taic-airgid, thèid reusantachd nan cosgaisean agus Luach an Airgid a thoirt fa-near mar a thèid an obair seo air adhart.

A thaobh Loch Baghasdail, ged a tha obair ga toirt air adhart le CMAL aig an aon àm ris a' phròiseact gus soitheach ùr a thogail, chan eil dùil gum bi an soitheach ùr an crochadh air crìochnachadh a' phuirt a thathar airson togail às ùr aig Gasay, agus anns an eadar-àm gabhaidh an soitheach a thoirt dhan phort a th' ann an-dràsta ann an Loch Baghasdail.

## Soithichean ùra ‘meadhanach’ mòr

Aig Ìrean 2 agus 3, feumar beachdachadh air soithichean ùra do ghrunn shoithichean SACIG “meadhanach mòr”, air na slighean a leanas:

- Malaig-Armadal, ’s i air a frithealadh an-dràsta leis an MV Loch Fyne (1991) agus an MV Coruisk (2003);
- Bàgh Wemyss-Baile Bhòid, ’s i air a frithealadh an-dràsta leis an MV Bute (2005), an MV Argyle (2007), agus an MV Coruisk (soitheach-taice sa gheamhradh);
- An MV Loch Frisa (2015, cur air bhog air lìonra SACIG ann an 2022), ’s e ga chur ri seirbheis Chreag an Iubhair-An t-Òban bho chionn ghoirid còmhla ris an t-soitheach mhòr an MV Isle of Mull (1988).

Tha cuid a dh’fheartan aig na trì slighean seo a dh’fhàgas iad eadar-dhealaichte an taca ri mar a thèid na soithichean mòra agus na soithichean beaga a chleachdadh air lìonra SACIG – an dà chuid an-dràsta, agus a rèir phlanaichean airson an ama ri teachd. Tha iad uile ann an uisgeachan nas fhasgaiche, ’s seo ri fhaicinn anns na riatanasan gus na soithichean a sheòrsachadh; cuideachd, ’s e tursan-aiseig gu math goirid a th’ anna le nas lugha na uair a thìde a dhìth, ’s tòrr luchd-siubhail agus carbadan a’ dol air na slighean, gu h-àraid as t-samhradh. Ged a thèid riatanasan seirbheis an ama ri teachd air gach aon dhe na slighean seo a rannsachadh tro mheasaidhean (MFC) a rèir a’ PhCE, tha sinn dhen bheachd gur fhiach e an cothrom a sgrùdadh gnè aiseig a chur ann a bhiodh freagarrach dha na slighean seo, ach a dh’fhaodadh buannachdan seasmhachd nas fharsainge – agus seachad air na h-àitichean seo – a thoirt gu buil.

’S ann nuair a thèid comas-lìonaidh ùr a chur air an t-slighe Creag an Iubhair-An t-Òban aig Ìrean 1 agus 2 a nithear co-dhùnadh air seo an toiseach. An-dràsta anns a’ phròiseact sa, thathar a’ cruthachadh moladh airson plana-gnothachais leis am biodh dà shoitheach ùr air an t-slighe seo; bhiodh an MV Loch Frisa saor an uair sin, ged as ann cuibhrichte a tha cothroman an-dràsta an soitheach ath-shuidheachadh air lìonra SACIG.

## Ìre 3 – 2031-2036

### Leasachadh nan Cabhlaichean agus nam Port

Anns na còig bliadhna bho 2031-2036, bidh feum ann air tasgaidhean mòra leantainneach, ’s barail ann a-rithist gun gabh soitheach a ruith fad 30 bliadhna air na lìonraidhean seo. Am measg nam molaidhean, tha na leanas ann:

- libhrigeadh de shoithichean ùra dha na trì soithichean SAET do luchd-siubhail agus do charbadan;
- soithichean ùra a thig an àite shoithichean SACIG “meadhanach mòr” – nam measg, comas-lìonaidh ùr air an t-slighe gu Bòd (Bàgh Wemyss-Baile Bhòid);
- soitheach ùr a thig an àite an MV Loch Shira a tha a’ frithealadh Cumaradh an-dràsta; dh’fhaodadh seo a bhith na phàirt de threas ìre dhen Phrògram gus Soithichean Beaga Ùra a Thogail;
- thathar an dùil ri pròiseactan mòra aig puirt CMAL ann an Colbhasa agus Colla;
- crìochnachadh nam pròiseactan-puirt a thòisicheadh aig Ìre 2;
- tha Comhairle nan Eilean Siar air innse gu bheil dùil ann gum bi obraichean a dhìth mun àm seo air bun-structar nam port a chumas taic ri seirbheisean Chaolas na Hearadh agus Chaolas Bharraigh. 'S ann fo ùmhlachd measadh nas coileanta a bhios seo;
- tha Ùghdarras Cala Mhalaig (MHA) air innse gum bi obraichean mòra a dhìth air sealbh nam port a chumas taic ri seirbheisean-aiseig a th’ ann an-dràsta;
- beachdachadh air pròiseactan airson “beatha an t-seilbh a leudachadh”.

Tha an MHA cuideachd air molaidhean àrd-amasach fhoillseachadh a thaobh leasachadh a’ phuirt san àm ri teachd, 's goireasan nas fheàrr do sheirbheisean-aiseig na lùib.

Bu chòirear soithichean ùra a cheannachd a thig an àite an MV Loch Shira a fhrithealas Cumaradh, agus an àite nan trì soithichean ioma-dhòigheach a chaidh ann an seirbheis san deichead mu dheireadh (an MV Hallaig, an MV Lochinvar agus an MV Catriona), 's iad a’ tighinn faisg air deireadh am beatha-obrach àbhaisteach.

Tha puirt Cholla, Thiriodh, Cholbhasa agus Bhàgh Wemyss nam puirt mòra CMAL eile far a bheilear a’ moladh tòrr airgid a thasgadh annta aig Ìrean 3 agus 4, air sgàth aois nam port. Feumar planadh agus libhrigeadh nam pròiseactan seo a thoirt fa-near còmhla ri planaichean gus soithichean ùra a chur ann, agus cuideachd airson taic a chumail ri seasmhachd na lìonraidh tro eadar-obrachadh nan cabhlaichean ri teachd.

Aig Ìrean 3 agus 4 a’ Phlana seo, nì sinn sgrùdadh air pròiseactan gus beatha nan soithichean a leudachadh, gus am prògram airson tasgadh san àm ri teachd fhàgail nas rèidhe, agus cuideachd – a rèir iomchaidheachd choimeirsealta agus theicnigeach – gus an gabh soithichean a thionndadh nan soithichean a chleachdas teicneòlas gun/le glè bheag de sgaoilidhean.

## Ìre 4 – 2036-2045

A rèir bheachdan airson an deicheid mu dheireadh dhen phlana a thathar a' moladh, dh'fhaodte na leanas fhaicinn:

- pròiseas leantainneach gus soithichean ùra a chur an àite shoithichean a ruigeas deireadh am beatha-obrach, nam measg am MV Finlaggan agus an MV Loch Seaforth;
- thathar an dùil ri obraichean-puirt mòra aig port Thiriodh;
- crìochnachadh phròiseactan a thòisicheadh aig Ìre 3;
- tha Ùghdarras Port Lerwick air innse gum bi feum ann aig an Ìre seo obair-ùrachaidh a dhèanamh air a' phrìomh shealbh-puirt a tha seirbheis-aiseig SAET a' cleachdadh;
- roghainnean a thathar a' planadh gus beatha nan soithichean a leudachadh nuair a ruigeas iad meadhan am beatha;
- riatanasan a thaobh lùghdachadh carboin ro 2045 – bheir seo a-steach nan soithichean sin a chaidh/a thèid a libhrigeadh agus/no a cheannachd anns na 2020an;
- gun tòisich air planaichean gus soithichean ùra a chur an àite nan soithichean a thathar gu bhith a' libhrigeadh a-nis, tràth anns na 2020an.

Aig Ìre 4, bhiodh soithichean ùra rim faicinn a thigeadh an àite an MV Finlaggan (2011) agus an MV Loch Seaforth (2014). Aig an aon àm ri seo – ged a tha e an crochadh air mion-sgrùdadh agus co-dhùnaidhean a nithear nas fhaisge air an àm – tha sinn an dùil gun tèid obair a dhèanamh air grunn de na soithichean mòra (bhon dà lìonra no tè seach tè dhiubh) a chaidh a libhrigeadh sna 2020an, airson a' "bheatha-obrach" aca a leudachadh. Bhiodh seo na chuideachadh gus am prògram airson tasgadh san àm ri teachd fhàgail nas rèidhe, agus cuideachd gus an cothrom a thoirt seachad na soithichean uidheamachadh le siostam-stiùiridh gun sgaoilidhean nach robh ri fhaotainn bho thùs – a rèir iomchaidheachd choimeirsealta agus theicnigeach.

## Roghainnean a Bharrachd

Ged a tha am plana gu h-àrd a' moladh bun-phrògram a thaobh tasgadh airgid, chaidh grunn cothroman aithneachadh airson na lionraidhean a leasachadh thar beatha a' Phlana seo. Nithear tuilleadh beachdachaidh air na cothroman seo, 's cuid dhiubh air an dearbhadh mar-thà:

- soitheach seasmhachd airson cabhlach nan soithichean mòra SACIG;
- seirbheis-shamhraidh dhan Chuan Sgìth le dà shoitheach.

Thathar an dùil gur ann tro mheasaidhean MFC a dh'aithnichear atharrachaidhean eile a dh'fhaodte a dhèanamh air seirbheisean agus a bheireadh buaidh air a' phrògram-tasgaidh san àm ri teachd a thèid a mhìneachadh ann an dreachan ri teachd dhen Phlana seo. Mar sin, shealladh a' chiad ath-nuadhachadh dhen Phlana seo ann an 2027 na toraidhean a thig bho làn-sheata de mheasaidhean air slighean agus seirbheisean SACIG agus SAET.

'S ann fo ùmhlachd Luach an Airgid agus reusantachd nan cosgaisean a bhios gach atharrachadh a thèid a mholadh. Air sgàth meud an tasgaidh a tha a dhìth airson am plana a libhrigeadh, tha e coltach gur ann san ùine fhada a thig an cothrom airson cuid dhe na toraidhean seo a thoirt gu buil, aon uair 's gum faighear an t-airgead-tasgaidh mòr a chaidh ainmeachadh airson an deicheid ri thighinn gus an lionra de sheirbheisean a th' ann an-dràsta a chumail suas – faic an earrann air 'Tasgadh-airgid a rèir Phrìomhachasan' gu h-àrd.

## Leas-phàipearan

### Leas-phàipear A – Soithichean – Cluaidh agus Innse Gall

Soitheach	Bliadhna cur air bhog	Moladh airson soitheach ùr	Buidheann -seilbh	Seòrsa	Prìomh shlighe (samhradh)	Prìomh shlighe (geamhradh)
Isle of Cumbrae	1977	Ìre 1	CMAL	beag	An Tairbeart - Port a' Mhadaidh	Soitheach-taice
Isle of Arran	1984	Ìre 1	CMAL	mòr	Àird Rosain - Tràigh a' Chaisteil / Ceann Loch Chille Chiarain	Soitheach-taice
Hebridean Isles	1985	Air a thoirt a-mach à seirbheis san t-Samhain 2024	CMAL	mòr	Ìle	Ìle / Soitheach-taice
Loch Linnhe	1986	Ìre 2	CMAL	beag	Soitheach a chòrr	Soitheach-taice
Loch Riddon	1986	Ìre 2	CMAL	beag	An Leargaidh - Cumaradh	Soitheach-taice
Loch Striven	1986	Ìre 2	CMAL	beag	An t-Òban - Lios Mòr	Lios Mòr
Loch Ranza	1987	Ìre 2	CMAL	beag	Taigh an Lòin - Giogha	Giogha

Soitheach	Bliadhna cur air bhog	Moladh airson soitheach ùr	Buidheann -seilbh	Seòrsa	Prìomh shlighe (samhradh)	Prìomh shlighe (geamhradh)
Isle of Mull	1988	Ìre 2	CMAL	mòr	An t-Òban - Creag an Iubhair	An t-Òban - Creag an Iubhair
Lord of the Isles	1989	Ìre 2	CMAL	mòr	Malaig - Loch Baghasdail	Malaig / An t-Òban - Loch Baghasdail; An t-Òban - Colbhasa
Loch Dunvegan	1991	Ìre 2	CMAL	beag	Caol an t-Snàimh - An Rubha Bòdach	Caol an t-Snàimh - An Rubha Bòdach
Loch Fyne	1991	Ìre 2	CMAL	beag	Malaig - Armadal	Soitheach-taice
Loch Buie	1992	Ìre 2	CMAL	beag	Fionnphort - Eilean Ì	Fionnphort - Eilean Ì
Loch Tarbet	1992	Ìre 2	CMAL	beag	Tobar Mhoire - Cille Chòmhain	Tobar Mhoire - Cille Chòmhain
Caledonian Isles	1993	Ìre 1	CMAL	mòr	Àird Rosain - Tràigh a' Chaisteil	Àird Rosain - Tràigh a' Chaisteil
Isle of Lewis	1995	Ìre 1/2	CMAL	mòr	An t-Òban - Bàgh a' Chaisteil / Soitheach-taice	An t-Òban - Bàgh a' Chaisteil
Loch Bhrusda	1996	Ìre 2	CMAL	beag	Soitheach a chòrr / -taice	Soitheach-taice

Soitheach	Bliadhna cur air bhog	Moladh airson soitheach ùr	Buidheann -seilbh	Seòrsa	Prìomh shlighe (samhradh)	Prìomh shlighe (geamhradh)
Loch Alainn	1997	Ìre 2	CMAL	beag	Caolas Bharraigh	Caolas Bharraigh
Clansman	1998	Ìre 2	CMAL	mòr	An t-Òban - Colla / Tiriodh / Colbhasa	An t-Òban - Colla / Tiriodh / Colbhasa
Lochnevis	2000	Ìre 2	CMAL	beag	Malaig - Na h-Eileanan Tarsainn	Na h-Eileanan Tarsainn Malaig - Armadal
Hebrides	2001	Ìre 2	CMAL	mòr	Ùige - An Tairbeart / Loch nam Madadh	Ùige - An Tairbeart / Loch nam Madadh
Loch Portain	2003	Ìre 2	CMAL	beag	Caolas na Hearadh	Caolas na Hearadh
Coruisk	2003	Ìre 2/3	CMAL	meadhanach	Malaig - Armadal	Soitheach-taice do Bhàgh Wemyss - Baile Bhòid
Bute	2005	Ìre 3/4	CMAL	meadhanach	Bàgh Wemyss - Baile Bhòid	Bàgh Wemyss - Baile Bhòid
Loch Shira	2007	Ìre 3/4	CMAL	beag	An Leargaidh - Cumaradh	An Leargaidh - Cumaradh
Argyle	2007	Ìre 3/4	CMAL	meadhanach	Bàgh Wemyss - Baile Bhòid	Bàgh Wemyss - Baile Bhòid
Ali Cat	2000	Ìre 1	DML	do luchd-siubhail	Gurraig - Dùn Omhain	Gurraig - Dùn Omhain

Soitheach	Bliadhna cur air bhog	Moladh airson soitheach ùr	Buidheann -seilbh	Seòrsa	Prìomh shlighe (samhradh)	Prìomh shlighe (geamhradh)
Argyll Flyer	2001	Ìre 1	DML	do luchd-siubhail	Gurraig - Dùn Omhain	Gurraig - Dùn Omhain
Chieftain	2007	Ìre 2	CMS	do luchd-siubhail	Gurraig - Cille Chreagain	Gurraig - Cille Chreagain
Finlaggan	2011	Ìre 4	CMAL	mòr	Ceann na Creige - Ìle	Ceann na Creige - Ìle
Hallaig	2012	Ìre 4	CMAL	beag	Sgonnsar - Ratharsair	Sgonnsar - Ratharsair
Loch Seaforth	2014	Ìre 4	CMAL	mòr	Steòrnabhaigh - Ulapul	Steòrnabhaigh - Ulapul
Lochinvar	2013	Ìre 4	CMAL	beag	Finnsinis - Loch Àlainn	Finnsinis - Loch Àlainn
Loch Frisa	2015	Ìre 4	CMAL	meadhanach	An t-Òban - Creag an Iubhair	An t-Òban - Creag an Iubhair
Catriona	2016	Ìre 4	CMAL	beag	Claonaig - Loch Raonasa	An Tairbeart - Loch Raonasa / Port a' Mhadaidh
Carvorra	2017	Ìre 4	CMAL	beag	Gallnach - Cearara	Gallnach - Cearara
Glen Sannox	2024	Ìre 4	CMAL	mòr	Àird Rosain - Tràigh a' Chaisteil	Àird Rosain - Tràigh a' Chaisteil

Thèid cuid a sheann shoithichean a chumail mar shoithichean-ionaid san ùine ghoirid, is slighean a' feitheamh air soithichean ùra. Thèid cuid a shoithichean a bharrachd a chumail cuideachd mar "shoithichean seasmhachd" thar an lìonraidh.

Thig cothroman gus cuid a shoithichean mòra a shuidheachadh, nuair a thèid 6 soithichean mòra ùra a chur air bhog aig Ìre 1 (gheibhear cuidhteas soithichean eile no thèid an cumail mar an “soitheach seasmhachd”). Ged a tha planaichean-suidheachaidh fhathast fo ath-sgrùdadh, thathar an dùil le seo gun gabhadh soitheach ùr a chur an àite an MV Isle of Lewis air seirbheis An Òbain-Bàgh a’ Chaisteil.

Cuideachd, ’s e am plana gun tig 2 shoitheach ùr an àite an MV Hebrides air seirbheisean a’ “Chuain Sgìth”, ’s dùil gun tèid na soithichean a libhrigeadh aig Ìre 1. Dheigheadh an MV Hebrides ath-shuidheachadh an uair sin, ’s soitheach ùr a’ dol na àite ro dheireadh Ìre 2 (2031).

## Leas-phàipear B – Soithichean – Na h-Eileanan mu Thuath

Soitheach	Bliadhna cur air bhog	Moladh airson soitheach ùr	Buidheann-sealbh	Seòrsa	Prìomh shlighe (samhradh)	Prìomh shlighe (geamhradh)
MV Helliard	1997	Ìre 2	CMAL	soitheach-bathair	Obar Dheathain - Kirkwall - Lerwick	Obar Dheathain - Kirkwall - Lerwick
MV Hildasay	1999	Ìre 2	CMAL	soitheach-bathair	Obar Dheathain - Kirkwall - Lerwick	Obar Dheathain - Kirkwall - Lerwick
MV Hrossey	2002	Ìre 3	CMAL	mòr	Obar Dheathain - Kirkwall - Lerwick	Obar Dheathain - Kirkwall - Lerwick
MV Hjaltland	2002	Ìre 3	CMAL	mòr	Obar Dheathain - Kirkwall - Lerwick	Obar Dheathain - Kirkwall - Lerwick
MV Hamnavoe	2003	Ìre 3	CMAL	mòr	Sgrabstal - Stromness	Sgrabstal - Stromness

## Leas-phàipear C – Puirt – Cluaidh agus Innse Gall

- ABP - Puirt Co-cheangailte Bhreatainn
- ABC - Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid
- CNES - Comhairle nan Eilean Siar
- CMAL - Stòras Mara Cailleannach Earranta
- MHA - Ùghdarras Cala Mhalaig
- NTS - Urras Nàiseanta na h-Alba
- SPA - Ùghdarras Port Steòrnabhaigh
- TLFHA - Ùghdarras Cala an Tairbeirt (Loch Fin)
- THC - Comhairle na Gàidhealtachd
- UHT - Urras Cala Ulapuil

Port	Àite	Buidheann-seilbh	Seòrsa acarsaid
Àird Mhòr	Barraigh	CNES	Leathad cur air bhog
Àird Rosain	Siorrachd Àir a Tuath	Peel Ports	Alt-aiseig
Armadal	Slèite, An t-Eilean Sgitheanach	CMAL	Alt-aiseig
Beàrnaraigh	Beàrnaraigh	CNES	Leathad cur air bhog
Tràigh a' Chaisteil	Arainn	CMAL	Alt-aiseig
Poll Tairbh	Muile	CMAL	Acarsaid thairis air an oidhche
Ceann Loch Chille Chiarain	Cinn Tìre	ABC	Alt-aiseig
Canaigh	Canaigh	NTS	Leathad cur air bhog
Bàgh a' Chaisteil	Barraigh	CMAL	Alt-aiseig
Claonaig	Cinn Tìre	CMAL	Leathad cur air bhog

Port	Àite	Buidheann-seilbh	Seòrsa acarsaid
Caol an t-Snàimh	Comhghall	CMAL	Leathad cur air bhog
Colla	Colla	CMAL	Alt-aiseig
Colbhasa	Colbhasa	CMAL	Alt-aiseig
Creag an Iubhair	Muile	ABC	Alt-aiseig
Cumaradh	Cumaradh	CMAL	Leathad cur air bhog
Dùn Omhain	Comhghall	ABC	Alt-aiseig
Eige	Eige	THC	Leathad cur air bhog
Èirisgeigh	Èirisgeigh	CNES	Leathad cur air bhog
Fionnphort	Muile	ABC	Leathad cur air bhog
Finnsinis	Muile	CMAL	Leathad cur air bhog
Gallanach	Faisg air an Òban	CMAL	Leathad cur air bhog
Giogha	Giogha	ABC	Leathad cur air bhog
Acarsaid Ghiogha	Giogha	ABC	Acarsaid thairis air an oidhche
Gurraig	Inbhir Chluaidh	CMAL	Alt-aiseig Ceumannan-bàta
Eilean Ì	Eilean Ì	ABC	Leathad cur air bhog
Ceann na Creige	Cinn Tìre	CMAL	Alt-aiseig
Cearara	Cearara	CMAL	Leathad cur air bhog
Cille Chòmhain	Àird nam Murchan	CMAL	Leathad cur air bhog

Port	Àite	Buidheann-seilbh	Seòrsa acarsaid
Cille Chreagain	Ros Neimhidh	ABC	Cidhe (chan eil alt-aiseig ann)
An Leargaidh	Siorrachd Àir a Tuath	CMAL	Leathad cur air bhog
An Tòb	Na Hearadh	CNES	Leathad cur air bhog
Lios Mòr	Lios Mòr	ABC	Leathad cur air bhog
Loch Àlainn	A' Mhorbhairne	CMAL	Leathad cur air bhog
Loch Baghasdail	Uibhist a Deas	CMAL	Alt-aiseig
Loch nam Madadh	Uibhist a Tuath	CNES	Alt-aiseig
Loch Raonasa	Arainn	CMAL	Leathad cur air bhog
Malaig	Malaig	MHA	Alt-aiseig
Eilean nam Muc	Eilean nam Muc	THC	Leathad cur air bhog
An t-Òban	An t-Òban	CMAL	Alt-aiseig x 2 Leathad cur air bhog
Otairnis	Beàrnaraigh	CNES	Acarsaid thairis air an oidhche
Port Asgaig	Ìle	ABC	Alt-aiseig Leathad cur air bhog
Port Ilein	Ìle	CMAL	Alt-aiseig
Port a' Mhadaidh	Comhghall	CMAL	Leathad cur air bhog
Ratharsair	Ratharsair	THC	Leathad cur air bhog
An Rubha Bòdach	Bòd	CMAL	Leathad cur air bhog

Port	Àite	Buidheann-seilbh	Seòrsa acarsaid
Baile Bhòid	Bòd	ABC	Alt-aiseig
Rùm	Rùm	THC	Leathad cur air bhog
Sgonnsar	An t-Eilean Sgitheanach	THC	Leathad cur air bhog
Steòrnabhagh	Leòdhas	SPA	Alt-aiseig
An Tairbeart, Na Hearadh	Na Hearadh	CMAL	Alt-aiseig
An Tairbeart, Loch Fin	Cinn Tìre	TLFHA	Leathad cur air bhog
Taigh an Lòin	Cinn Tìre	ABC	Leathad cur air bhog
Tiriodh	Tiriodh	CMAL	Alt-aiseig
Tobar Mhoire	Muile	CMAL	Leathad cur air bhog
An Truthail	Siorrachd Àir a Deas	ABP	Alt-aiseig x 2
Ùige	An t-Eilean Sgitheanach	THC	Alt-aiseig
Ulapul	Ulapul	UHT	Alt-aiseig
Bàgh Wemyss	Inbhir Chluaidh	CMAL	Alt-aiseig

## Leas-phàipear D – Puirt – Na h-Eileanan mu Thuath

Port	Àite	Buidheann-seilbh	Seòrsa
Obar Dheathain	Obar Dheathain	Ùghdarras Cala Obar Dheathain	Alt-aiseig
Lerwick	Sealtainn	Ùghdarras Port Lerwick	Alt-aiseig
Kirkwall	Arcaibh	Comhairle Eileanan Arcaibh	Alt-aiseig
Stromness	Arcaibh	Comhairle Eileanan Arcaibh	Alt-aiseig
Sgrabstal	Gallaibh	Urras Cala Sgrabstail	Alt-aiseig



**TRANSPORT  
SCOTLAND**

CÒMHDHAIL ALBA

© Còir-lethbhreac a' Chrùin 2025

Faodaidh tu am fiosrachadh seo (gun suaicheantasan is dealbhan) ath-chleachdadh saor is an-asgaidh ann an cruth no meadhan sam bith fo theirmichean Cead Fosgailte an Riaghaltais. Gus an cead seo fhaicinn, faic <http://www.nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence> no cuir post-d gu: [psi@nationalarchives.gsi.gov.uk](mailto:psi@nationalarchives.gsi.gov.uk)

Far a bheil sinn air comharrachadh gu bheil còir-lethbhreac aig treas pàrtaidh air fiosrachadh, feumaidh tu cead fhaighinn bho na daoine aig a bheil a' chòir-lethbhreac sin.

Tha lethbhreacan a bharrachd den sgrìobhainn seo rim faighinn, ma thèid sin iarraidh, ann an cruth claisneachd is faicsinneach agus ann an cànanan coimhearsnachd. Bu chòirear ceist sam bith mun sgrìobhainn / fhoillseachadh seo a chur thugainn aig [PCE@transport.gov.scot](mailto:PCE@transport.gov.scot)

Tha an sgrìobhainn seo ri fhaighinn air làrach-lìn Còmhdhail Alba cuideachd, aig: [www.transport.gov.scot](http://www.transport.gov.scot)

Air fhoillseachadh le Còmhdhail Alba, An t-Ògmhios 2025

Lean sinn:



**transport.gov.scot**